

RAMPN  
RT  
H

# Cogadh mòr na h-Eòrpa

## AN RÉITE HODGE



Agus gabhaibh  
clogad  
na slàinte.

Iadsan a théid sios  
do'n fhairge air longan;  
Chi iadsan gniomharan  
Iehobhah.

Dhia beannaich ar Righ

3 1761 0962229190

Cò sgaras sinn o ghràdh Chriosd? *an dean* trioblaid, no àmhghar, no geur-leanmhuinn, no gorta, no lomhnochduidh, no cunnart, no claidheamh?

Ni h-eadh, ach anns na nithibh sin uile tha sinn a' toirt tuilleadh agus buaidh, trìdsan a ghràdhaich sinn.

Oir tha dearbh-bheachd agam, nach bi bàs, no beatha, no aingil, no uachdaranachda, no cumhachda, no nithe a tha làthair, no nithe a tha ri teachd,

No àirde, no doimhne, no creutar sam bith eile, comasach air sinne a sgaradh o ghràdh Dhé a tha ann an Iosa Criosd ar Tighearna.

*Rom. viii. 35, 37-39.*


Agus chi iad 'aghaidh; agus bithidh 'ainm-san air clàr an eudain.

*Taisb. xxii. 4.*

# Cogadh mòr na h-Eòrpa

## AN RÉITE le

Archibald Alexander HODGE  
111



431606  
16.1.45

Printed by OLIVER AND BOYD, Edinburgh, for  
The Church of Scotland,  
The United Free Church of Scotland, and  
The Free Church of Scotland.

*"The Atonement," by the Rev. Archibald Alexander Hodge, D.D., carefully summarised and translated, and printed under the authority of a Joint Committee of the Churches, for the use of Highland Sailors and Soldiers in H.M's Forces.*

## INTRODUCTION

It seems a long long time since the thunder of the guns broke the peace of the nations, and the struggle began which will decide the fate of the world. In the hour of battle it was never the way of the Highlander to keep to the back of the fray, and in our day the manhood of the Scottish Highlands has flocked to the colours. In every battle on sea and land our countrymen have borne a noble share. Where men fell thickest, there the tartan gleamed; where the enemy fled, there the piobrochd thrilled the blood. As the Highland Brigade breasted the slopes of the Alma, stern silence fell on the ranks until Sir Colin Campbell lifted his bonnet and they rushed on the foe with the slogan of victory; but all the glories of the days of old fade before the glory of our day. The mightiest military power in the world burst in mighty flood, wave after wave, seeking to over-

## Introduction

whelm that line of soul and iron that barred its way to world dominion, but, before the heroism that never flinched, it broke and wavered and crumbled. In those great hours when the soul of the world was saved, we are proud that our race bore nobly its part. When at Waterloo, Napoleon saw his ranks yield before the onslaught of the Highlanders, he did not restrain his admiration for his enemies, but exclaimed, "Les braves Ecossais"—"Brave, brave Scots-men." As we think of the men who have died that we may live, what can we say but just that: "Brave, brave Fellow-Countrymen." And we say it with love and tenderness and a great feeling of gratitude in our hearts.

Which to admire most, the men who went forth to face death, or the parents and wives who gave them at their country's call, I know not. There was a boy of eighteen years from the Isle of Skye who gained the D.S.O. at Loos, and who, a year later, was killed. Regarding him the father wrote to a friend:—"His mother and I both know that though our boy had been spared to the threescore years and ten, he could never have achieved anything greater or nobler than he

## Introduction

achieved dying." And that was the spirit of all our Highland people. In no part of the British Empire has there been more losses of brave men than in the Highlands, but the sorrowing hearts are sustained by the overshadowing God. In these days men and women into whose hearts the iron has pierced are realising, as never before, "The Comforter which is the Holy Ghost."

It was to keep our men at the front in living touch with that life of the Spirit, which is the inheritance of their race, that a small Committee was formed in Edinburgh to supply them with Gaelic devotional literature. There was but little available of suitable form, so books were translated, or edited, representing what is best in the religious literature of the Gael. The burden of the work fell on the Rev. Donald Maclean, Free St Columba Church, Edinburgh, and the Rev. Malcolm MacLennan, D.D., St Columba U.F. Church, Edinburgh. To them the Highland sailors and soldiers owe the booklets which brought the message of the Everlasting Gospel in the language they love. They will not lose their reward.

Those who undertook the work of sending forth

## Introduction

the booklets will be amply rewarded if through the printed word there may come to the sailors on the deep or the soldiers in the trenches the fuller sense that God is with them. This terrible scourge of War has not been sent without a purpose. It is in the night that the stars arise and shine, and it is in the day, dark with affliction, that the vision of God arises on the soul. We had given ourselves to pleasure and to Mammon and were forgetting God, but our laughter has been hushed and our Mammon seen to be dross when the great and terrible day of the Lord dawned. We have learned once more through blood and tears that nothing is of any value in the world except to love God and to serve Him. There has come a new sense of the value of the power of prayer. We have cried to God like our fathers of old and He has heard us. At Bannockburn six hundred years ago, the Scots "full devoutly knelt down to pray; and a short prayer they made to God to help them in that fight." They prayed and they conquered. Thus has it always been. If, at the front, the men have prayed, at home prayer has ascended without ceasing. At the hour of worship, in the stillness of the quiet glen, the prayer has risen to the Father that the sons far

## Introduction

away might be shielded from the enemy of the body and the enemy of the soul. And because of these prayers in the Church and the home, the hearts of our soldiers have been garrisoned by the Spirit of God. They have not been forsaken nor have they been overwhelmed, and at last victory will be theirs.

When the battle for the soul of the world has been gained and the great army comes home again, it is our hope and our confidence that the men who have faced death for freedom and righteousness will, in the after days, prove themselves good soldiers of Jesus Christ. There will come, through this great visitation of God, many changes. Evils which have gnawed like a canker at the heart of the nation, we must destroy. The places which have been solitary and desolate must again be peopled. The altars of our God must again be reared in our homes. And it is the men who have looked death in the face, and have saved the Empire on the battle-field, who shall lead the nation hereafter into the promised land of love and righteousness. But there will be no promised land for any except for those who see the ancient guiding fires burn and shine, leading them on.

# Introduction

Our prayer at home for the men at the front is just this, that their eyes may not grow dim to the vision of God, and that, in life and death, the Everlasting Arms may be around them, and that, at last, should God spare them to come home, they may set themselves to establish the Kingdom of God and build up Jerusalem in this our beloved land.

NORMAN MACLEAN.

EDINBURGH,

*November 1916*

## *A sheòldairean agus a shaighdeirean Gàidhealach !*

ANN an ainm an Tighearna Iosa Criod, Prionnsa na sithe, tha sinn a' cur fàilte oirbh.

Mar chinn-suidhe thrì eaglaisean a tha searm-onachadh an t-soisgeil anns a' Ghàidhlig, dh'iarradh sinn a dheanamh dearbhta dhuibh gu bheil ùrnuighean ar coimhthionalan a ghnàth a' dol suas as bhur leth. Gu 'n robh Dia 'n a sgiath dhuibh ann an là a' chunnairt, a' tabhairt duibh foighidinn agus neart an làithean feithimh agus faire, buaidh ann an là a' chatha, agus gu 'n gabhadh e thuige féin sibh an uair a' bhàis! An lorg bhur fulangais agus bhur féin-iobradh gu 'n robh sith le ceartas air a stéidheachadh air an talamh, an ùin gun a bhi fada!

Cha 'n 'eil ceàrna de 'n t-saoghal air nach do dhrùidh fuil uasal nan saighdeirean Àrdhealach, anns na làithean a dh'fhalbh, 's iad a' cathachadh as leth rìgh agus dùthcha. Thug sibh dearbhadh mu thràth, anns a' chogadh so, gur mic sibh a tha airidh air cliù bhur sinnsireachd. Tha sinn a' toirt buidheachas do Dhia air bhur son. Ma

thig a' ghairm oirbh gu triall as a so, cuiribh bhur n-aghaidh air a' bhàs mar dheagh shaighdeirean Iosa Criod ; ach ma 's e rùn an Tighearna, sibh a thighinn dachaidh fa-dheòidh gu bhur tìr agus bhur dàimhean caithibh aimsir bhur beatha mar dheagh shaighdeirean Iosa Criod.

Mar dhuinne is amhluidh dhuibhse, cha 'n 'eil ann ach aon tearmunn, eadhon Dia. A mhàin cuireamaid so 'n 'ur cuimhne :

'S fearr na bhi 'g earbs' á duine beò  
Ar dòchas chur an Dia ;  
'S fearr na bhi 'g earbs' á prionnsaibh mòr  
Ar dòchas chur 's an Triath.

Is sinn,

bhur seirbhisich anns an Tighearna Iosa Criod.

*David Paul, D.D., LL.D*

*Ceann-suidhe Eaglais na h-Alba.*

*Alex. R. MacLennan, D.D.*

*Cean-suidhe na h-Eaglais Shoir A' Chnaichte.*

*J. MacDonald.*

*Ceann-suidhe na h-Eaglais Shoir.*

## *An Clàr-innsidh.*

CAIB.

TAOBH-  
DUILLEIG.

I. Teagascg na Réite . . . . .	I
II. Tha aobhar gach nì a tha Dia a' deanamh ann an Dia fhéin : Tha iomlanachd nàduir Dhé ag iarraidh gu 'm bi peacadh air a' pheamas- achadh . . . . .	7
III. Bha Criosd air iobradh : bha iobairtean nan Iudhach air son peacaidh, agus 'n an samhla air iobairt ar Tighearna . . . . .	12
IV. Dh' oibrich Criosd Slàinte mar Ard-shagart a shluagh . . . . .	21
V. Teagascg na Réite air a dhearbhadh leis na Sgriobturan, a tha gu tric a' cur an céill gu 'n robh ar peacaidhean air an leagadh air Criosd	26
VI. Buaidh na h-iobairt-réite . . . . .	30
VII. Tha aonadh diamhair eadar Criosd agus a Shluagh . . . . .	37
VIII. Teagascg nan Sgriobturan air nàdur agus bunait- ean fireanachaidh . . . . .	42
IX. Nàdur agus buaidh a' chreidimh . . . . .	49

# An Clàr-innsidh

CAIB.

TAOBH-  
DUILLEIG.

X. Mar a tha na Sgriobturan a' teagasg gu feumadh Criosc réite a dheanamh mu 'n robh e comas- ach gu 'm biodh anam air a theàrnadh . . . . .	54
XI. Bha an riarrachadh a thug Criosc do 'n lagh air a dheanamh araon le ùmhachd agus le fhlulangas . . . . .	59
XII. Eadar-dhealachadh beachd air fior bhrìgh na réite . . . . .	66
XIII. A' mhuinnitir air son an do rinn Criosc réite . . . . .	78
XIV. Teagasg na h-Eaglais mu nàdur agus brìgh agus Crioch na Réite . . . . .	85

## CAIB. I

### TEAGASG NA RÉITE

BIDH e na 's usa dhuinn teagasg na Réite a thogail ma sheallas sinn ris na *suidhichidhean* a rinn e cho feumail gu 'm biodh an obair mhòr sin air a dheanamh.

I. Tha an toiseach Dia fhéin. Tha e soilleir nach urrainn réite a bhi ann mur a faigh a nàdur-san riarachadh as na tha e ag iarraidh. Feumaidh so a bhi air a dheanamh air thoiseach air a' h-uile ni eile. Tha an Fhìrinn a' teagasg gur e aon de bhuadhan na Diadhachd, gràinn air peacadh air son e bhi fior olc, araon a thaobh a *thruaillidh-eachd* agus a thaobh a *chionta*. Cha 'n urrainn Dia, is e cho coimhlionta 'n a nàdur, gun peacadh a thoirmeasg agus a pheanasachadh. A thuilleadh air a' sin thug Dia fhacal neo-mhearachdach air, bho dh' fhoillsich e a lagh an toiseach do Adhamh, gu faigh an t-anam a pheacaicheas bàs.

## An Réite

2. Tha ris am peacach ann. A thaobh a dhàimh ris an lagh, tha e soilleir bho 'n Sgriobtur, gu 'n robh an duine air a chur fo chùmhnant nan Gniomh g'a dhearbhadh. A réir a' chumhnant sin, bha maith siorruidh gu bhi aige air chumha ùmhachd choimhlionta, agus call siorruidh air chumha eas-ùmhachd. A nìs, ge b' e air bith dé thachras feumaidh Dia seasamh ri cumhachan a' chùmhnant. Ma bhris an duine an cùmhnant *feumaidh* Dia am peanas a tha 's a' chùmhnant a fhrithealadh dha. Mur a dean e sin tha e briseadh fhacail. A thaobh cor spioradail an duine, tha an Fhìrinn agus mothachadh an duine fhéin a' cur an céill gu bheil e fo *chionta* agus an nàimhdeas ri Dia. Tha coguis a' togail fianuis air a' sin, oir cha ghabh i fois gus a faigh i riarachadh ; agus cha ghabh i riarachadh ach le Dia a bhi air a riarachadh. Is e cor an duine gu bheil e fhéin agus Dia a mach air a chéile.

3. Agus a ris, tha an saoghal modhannail ann. Ma tha Dia gu bhi a' riaghlaadh mar Dhia ceart, cha 'n urrainn e leth-bhreith a dheanamh—cha 'n fhaod e peacadh a pheanasachadh ann an aon roinn dhe rioghachd, agus a leisgeul a ghabhail an roinn eile. Mar sin cha 'n urrainn peacaich a bhi air an deanamh réidh ri Dia gus an dean e

## Teagasg na Réite

ullachadh a dhearbas do shaoghail dhaoine agus spioradan gu 'm peanasaich e peacadh air a' h-uile cor anns gach àite, gun leth-bhreith.

Rinn an Tighearna Iosa so leis an aon iobairt a thug e suas 'n a ghràdh neo-chriochnach. Dh' fhuiling e peanas an lagha a chaidh a bhriseadh, ann an àite a shluagh, agus thug e riarrachadh do Cheartas air an son. Air dha so a dheanamh, thug e riarrachadh do choguis an duine—thug e air falbh am fuachd agus a' nàimhdeas a bha 'n a chridhe do Dhia, le bhi nochdadadh gràdh siorruidh Dhé dha air a' Chrann. Thug e dearbhadh dh' an t-saoghal mhodhannail air gu bheil Dia a' peanasachadh peacaidh le eud naomha, is e 'g a pheanasachadh eadhon ann am pearsa a Mhic fhéin.

A chum gu 'n tuig sinn teagasg na réite is còir-beachd a ghabhail air a tobair, a nadur, a buaidh.

1. An *Tobair*. Tha tobair na réite ann an gràdh ro-iongantach Dhé dh' a shluagh. Ann a' ghràdh sin ghabh Dia air fhéin, ann am pearsa a Mhic, am peanas a bha iadsan a' toilltinn, a chum còraichean Ceartais a riarrachadh. Agus rinn e sin ann an co-chòrdadh ri uile bhuadhan na Diadhachd.

2. An *Nàdur*. Ghabh Criostd àite a shluagh

## An Réite

fo 'n lagh. Cha robh e fhéin fo fhiachan sam bith ùmhachd a thoirt—mar Dhia b' e e fhéin tobair agus ard-ùghdas an lagha. Ach bha e air a għluasad le gràdh neo-chriochnach, agus għabb e air fhéin gu saor-thoileach na fiachan a bha aig an lagh air a shluagh. Sheas e 'n an àite. Thug e ùmhachd agus dh' fhuiling e mar am Fear-ionaid. Shaor ùmhachd agus fħulangas iad bho na fiachan a bha aig an lagh orra, agus tre airidh-eachd-san fhuair iad còir air na duaisean glòrmhor a bha air an gealltainn fo 'n chūmhant a bhris iad. Għabb e *cionta* am peacaidhean air fhéin. Is leinne an näire agus an truaillidheachd, ach għabb esan an *cionta*—an toillteanas air peanas—air fhéin. Cha 'n ann coltach ri fiachan ceannachd a tha so—ann an sin tha an lagh a' cur gréim air *maoin*. Is e tha ann fiachan *modhannail*, spioradail,—ann an sin tha an lagh a' cur gréim air *pearsa*. Air an aobhar sin cha b' e na dearbh fħulangais a bha a shluagh gu bhi a' fulang, ann an tīm agus tre 'n t-siorruidheachd, a dh' fhuiling Criosc. Gidheadh bha am peacadh air a dhioladħ air-san gus an d' thuirt lagh naomha gu 'n robh e riaraichte. Cha b' e fulangais a bha seasamh an àite peanais a dh' fhuiling e, ach am fior pheanas —am peanas bu mhò a b' urrainn Ceartas naomh

## Teagasg na Réite

agart air *pearsa* an Dia-duine, agus e a' seasamh an àite a shluaign, is iad ciontach. Cha b' ann an nàdur a Dhiadhachd a dh'fhuiling e. Cha b'ann mar dhùine a mhàin a dh'fhuiling e, ach mar an Dia-duine—Dia 'n ar nàdur—agus a thaobh glòir a *phearsa* bha fhublangas gu neo-chriochnach na b' uamhasaiche, agus, ged a bha iad air an criochnachadh an taobh a stigh de chriochan àraighe ann an tìm, thug iad riarachadh uile iomlan do 'n lagh, agus bu leòr iad a chum toillteanas nan uile dhaoine a choinneachadh.

3. A' *Bhuaidh*. Cha do rinn e atharrachadh sam bith air Dia, oir bha e 'n a rùn bho shiòruidheachd. Bha an gràdh neo-chriochnach agus an ceartas neo-chriochnach a bha an cleachdadh an iobairt Chriosd an inntinn Dhé bho 'n toiseach. Is e a' bhuaidh a bha leis gu 'n robh e air a dheanamh comasach gu 'm biodh ceartas agus gràdh a' co-oibreachadh a thaobh pheacach.

Thug e air falbh *cionta* a' pheacaiddh. Thug e riarachadh do cheartas. Rinn e sinn réidh ri Dia.

Dh' oibrich e ar slàinte—cha 'n e mhàin gu 'n rinn e slàinte a chur an tairgse a shluaign. A réir cumhachan cùmhnant nan Gràs tha an t-saorsa a cheannaich Chriosd air a cur ann an

## An Réite

seilbh clann a' chùmhnant leis an Spiorad Naomh. Tha an dà ni sin an dàimh nach gabh sgaradh ri chéile.

A chionn nach e pàigheadh fiachan ceannachd a tha ann—ni a tha cur nam féicheadh saor air ball—is le Dia a mhàin a' chòir sòchairean na réite a bhualeachadh a réir a thoile fhéin. Is e gniomh gràis rioghail a tha ann an toirt do neach air bith. A réir a' chumhnant choisinn Criod slàinte nan uile air son an d'fhuiling e, agus tha còir laghail aige air a' sin dhaibh. Eadar Criod agus am peacach cha 'n 'eil ann ach gràs saor agus ro-iongantach.

A chionn gur e làn dhioladh air peacadh a tha ann, a réir agartas an lagha, ann am pearsa an Dia-duine, tha e 'n a fhoillseachadh coimhlionta do 'n t-saoghal mhodhannail air rùn uile-dhaingeann Dhé air peacadh a pheanasachadh gun leth-bhreith.

A chionn gu bheil iobart Chriod a' foillseachadh gràdh siorruidh agus miorbhualeach Dhé tha buaidh leis nach 'eil ach le gràdh a mhàin—tha e leaghadh a' chridhe, a' ceannsachadh ceannairc, a' toirt air falbh eagal an duine pheacaich.

## CAIB. II

THA AOBHAR GACH NI A THA DIA A' DEANAMH  
ANN AN DIA FHÉIN: THA IOMLANACHD  
NÀDUIR DHÉ AG IARRAIDH GU 'M BI PEACADH  
AIR A PHEANASACHADH.

I. THA araon Sgriobtur agus reuson a' teagasg gu bheil aobhar gach nì a tha Dia a' deanamh aigé ann fhéin. B' e am priomh aobhar a bha aig Dia ann a bhi cruthachadh an t-saoghail, a bhi nochdadh òirdhearcas a bhuidhean naomha agus uileiomlan. Cha b' urrainn crioch a b' àirde a bhi aige, no crioch bu chinntiche air a bhi coimhlionadh ard-inbhe agus sonas a chreutaran.

Tha na Sgriobturan soilleir air a' phuinc sin. "Is ann leis-san agus air a shonsan a chruthaicheadh na h-uile nithean." "Oir is ann uaithe-san agus trid-san agus air a shonsan a tha na h-uile nithean." Is e so a' chrioch a tha aig Dia fhéin 'n a obair naomha: "A roimh-òrduich sinn . . . a réir deagh-ghean a thoile, *chum cliù glòir a ghràis.*" Leugh Rom. ix. 22, 23.

## An Réite

Uime sin, b' e àrd-chrioch Dhé, ann an iobairt Chriosd, glòir a Dhiadhachd. Mar sin tha a' ghlòir as mò aig ceartas neo-chriochnach agus aig gràdh siorruidh Dhé ann an iobradh a Mhic fhéin mar Fhear-ionad dhaoine ciontach.

II. Is e an cliù mòr a tha an Fhìrinn a' toirt air *nàdur* Dhé, gu bheil e NAOMHA. Tha na seraphim a chunnaic Isaiah timchioll na righ-chaithreach anns an teampull (Is. vi. 3), agus a chunnaic Eòin air néimh (Taisb. iv. 8), ag radh gun fhois, a là 's a dh' oidhche, "naomha, naomha, naomha, an Tighearna Dia Uile-chumhachdach." Is ann mu nàdur neo-chaochlaideach Dhé a tha so air a radh—cha 'n ann a mhàin mu *thoil* Dhé.

1. An uair a dh' àithn Dia do Israel a bhi glan, cha d'thuirt e, "Oir is e sin mo *thoil*," ach, "Oir tha mise naomh."

2. Ma 's ann an crochadh ri *thoil* a tha naomhachd no mì-naomhachd cha 'n 'eil brigh shonruichte sam bith anns na briathran, "tha mise naomh." Cha 'n 'eil e ciallachadh ach gu bheil e ni as toil leis.

3. Ged is e *toil* Dhé a bhi naomh, gidheadh cha 'n 'eil sin fo riaghladh a thoile na 's mo na tha a bhith fhéin—a nàdur. *Cha 'n urrainn* e amharc air olc (Hab. i. 13). *Cha 'n urrainn* e e

## Nadur Dhé

fhéin àicheadh (2 Tim. ii. 13). *Cha 'n urrainn e breug a dheanamh* (Eabh. vi. 18).

A nis tha an Fhirinn a' deanamh glé shoilleir dhuinn gu bheil naomhachd Dhé ann an dàimh fuath shiorruidh ri peacadh agus a cheartas neo-chriochnach a' dioladh air. Cha 'n ann aig amannan, no ann an suidhichidhean àraidh, a tha e mar sin, ach *an còmhnuidh*.

Tha Dia a' *fuathachadh* peacaidh. "Guidheam oirbh, na deanaibh a' nì gràineil so as fuathach leamsa."

Tha Dia a' meas a' pheacaidh mar ni a tha olc 'n a ghné 's 'n a nàdur, agus air an aobhar sin a' toilltinn peanas. "Oir is teine dian-loisgeach an Tighearna do Dhia; is Dia eudmhor e." "Ged iadhadh làmh mu làimh cha bhi an droch dhuine gun pheanas." "Muinntir d' an aithne ceartas Dhé, gu bheil iadsan a nì a leithidean sin de nithean toilltinneach air bàs." Cha mhò is urrainn peacadh gun a bhi toilltinneach air peanas bho cheartas Dhé na 's urrainn e bhi gun a bhi air fhuathachadh le naomhachd Dhé. Faodaidh *peacach* maitheanas fhaotainn, ach tha e eu-comasach gu faigh *peacadh* maitheanas. A chum gu 'm biodh daoine peacach air an teàrnadh b'éigin do Chriosd toillteanas a' pheacaidh a thoirt

## An Réite

air falbh le bhàs, a chum gu 'm biodh e cothromach, agus gu fireanaicheadh e an tì a chreideas ann an Iosa—a chum gu 'm b' urrainn Dia maitheanas a thoirt do 'n pheacach gun ana-cothrom a thoirt do fhìreantachd a nàduir fhéin.

C'arson a pheanasachas Dia peacadh?

Their cuid gur e *ath-leasachadh* a' chiontaich aon chrioch gach peanas. Ach 's e tha ann an sin *smachdachadh*, no oilean, 's cha 'n e peanas.

Their cuid eile gur ann a chum eagal a chur air daoine agus gu 'm bi iad a' seachnadh peacaidh. Ach tha sin a' tionndadh peanas air cuid gu bhi 'n a dheagh-ghean do chuid eile. Mar a h-ann a mhàin a chionn gu bheil peacadh '*g a thoilltinn*', ach a chum a bhi 'n a leasan do mhuinntir eile, a tha peanas air a dheanamh cha 'n e *peanas* a tha ann, is e tha ann ana-cothrom, mur a h-e eucoir.

Cha 'n 'eil ach aona fhreagart dh' an cheisd—tha Dia a' peanasachadh peacadh a chionn e bhi *olc*, agus a chionn nach fhuiling naomhachd ionlan a nàduir agus uile bhuadhan gu 'n teid peacadh as gun pheanas.

Is e ni a tha 's a' pheacadh *bu chòir* a pheanasachadh. Tha sin sgrìobhta air nàdur an duine e fhéin. An uair a tha coguis duine air a dùsgadh tha a thoillteanas air peanas air a thoirt

## Nadur Dhé

dhachaidh air. “A’ t’ aghaidh, a’ t’ aghaidh féin a mhàin pheacaich mi, agus rinn mi olc a’ d’ shealladh, air chor ’s gu fireanaicheadh thusa an uair a labhras tu, gu ’m bì thu glan an uair a bheir thu breith.” Tha am mothachadh sin a’ fàs gu bhi ’n a phian, agus cha ’n fhaigh e fois no sith gus an tig e gu fuil na réite anns an d’ fhuair an lagh riarachadh. Their a’ h-uile duine ceart gur *còir* mort agus gach briseadh lagha a bhi air a pheanasachadh. Tha creudan nam fineachan fhéin a’ toirt fianuis air a’ so le an iobartan.

Cha ’n ’eil dòigh air an urrainn peacach dol as ach air dòigh a tha cur glòir air uile bhuadhan na Diadhachd—is cha ’n ’eil dòigh a tha deanamh sin ach bàs Chriosd, ann an àite a’ chiontaich.

### CAIB. III

BHA CRIOSD AIR ÌOBRADH: BHA ÌOBAIRTEAN NAN  
IUDHACH AIR SON PEACAIÐH AGUS 'N AN  
SAMHLA AIR ÌOBART AR TIGHEARNA.

THA na Sgriobturan gu coitchionn a' cur an céill  
gu 'n do choisinn Criod saorsa a shluagh le e  
féin a thoirt suas mar ÌOBAIRT. Bhàsaich e air  
son ar peacaidhean. Thug e riarrachadh do  
Cheartas agus do naomhachd Dhé le bhi fulang  
peanas ar peacaidhean 'n ar n-àite.

Is e so an teagastg a tha air a dheanamh soilleir  
le iobairtean an t-Seann Tiomnaidh—iobairtean air  
son peacadh, agus a bha samhlachadh bàs Chriosd.  
A thaobh nan iobairtean sin, is còir a thoirt  
fainear gur ann tre fhoillseachadh bho Dhia fhéin  
a bha iad air an toirt suas. Oir,

i. Cha ghabh e chreidsinn gu 'n éireadh an  
smuain an inntinn dhaoine, gu 'm biodh e  
iomchuidh, no gu 'm biodh feum sam bith ann a

## Iobairtean nan Iudhach

bhi toirt tiodhlacan làimhseachail do 'n Dia neo-fhaicsinneach, no gu 'n tugadh bàs ainmhidhean peacadh an anam air falbh.

2. Cha ghabh e chreidsinn gu 'n cumadh Dia ann am falach an dòigh a bha 'n a rùn peacaich a theàrnadh.

3. Nochd Dia a riamh e fhéin eudmhòr a thaobh an dòigh aoraidh leis am faodadh daoine seirbhis a dheanamh dha. Tha an Seann Tiomnadha 's an Tiomnadha Nuadh le chéile a' cronachadh "aoradh féin-thoil." "Is ann gu diomhain a tha iad a' deanamh aoraidh dhòmhsha, a' teagasg àitheanta dhaoine mar theagast."

4. Chuir Dia seula a bheannachaidh air a' cheud iobairt fala ann an teaghlaich Adhaimh. "Agus rinn an Tighearna Dia do Adhamh agus d'a mhnaoi còtaichean craicinn, agus chòmhdaich e iad" (Gen. iii. 21).

Tha e soilleir gu leòr gu 'n robh na h-iobairtean, a chuir Dia air chois, air an toirt suas air son peacaidh, agus ann an àite nan ciontach.

Bha na h-iobairtean fala a thrì seòrsachan—iobairt-peacaidh, iobairt-loisgte, iobairt sìthe. B' e *crathadh na fala* a' nì sonruichte anns an iobairt-pheacaidh. Bha i air a cur air *adhaircean* altair na h-iobairt-loisgte—a' chuid a b' urramaiche dhe

## An Réite

'n altair. Air uairean àraidh bha i air a toirt a steach do 'n ionad naomh, agus air a cur air adhaircean altair na tùise, agus air uairean eile bha i air a cur air a' Chathair-throcair anns an ionad bu ro-naomha. B'e *an losgadh* a' nì sonruichte anns an iobairt-loisgte; agus *an fheusd shàcramaid* a' nì sonruichte anns an iobairt-shithe.

Bha aideachadh peacaidh agus bàs—am peanas an àite a' chiontaich—annta le chéile. Anns an iobairt-pheacaidh bha peacadh sonruichte r'a thoirt air falbh. Anns an iobairt-loisgte bha peacadh mar bhith-chleachdadadh r'a thoirt air falbh agus beatha agus maoin an duine air a choisrigeadh gu h-iomlan do Dhia. Anns an iobairt-shithe, bha—an déidh aideachadh peacaidh agus réite bhi air a dheanamh—an t-saill agus a' chuid a b'fheàrr dhe 'n iobairt air an losgadh air an altair, agus air a' chuid eile rinn an duine 's a chàirdean feusd mar shamhla air e bhi dol a steach ann an càirdeas agus ann an sìth ri Dia.

B' é an iobairt-pheacaidh agus an iobairt-loisgte a bha gu sonruichte 'n an samhla air iobairt Chríosd. Chi sinn sin na's fheàrr ma bheir sinn fainear (1) na suidhichidhean anns an robh iad air an toirt suas, (2) an cliù a dh'fheumadh a bhi air an iobairt, (3) an riaghailt 's am feumadh iad a bhi air

## Iobairtean nan Iudhach

an iobradh, (4) a' bhuaidh a bha 'g an leantuinn,  
(5) fianuis nam fàidhean mu 'n timchioll.

1. Tha lagh na h-iobairt-pheacaidh air a chur sios dhuinn ann an Lebh. iv.-vi. 13. Bho 'n sin tha e soilleir gu leòr gur ann air son *peacadh sonruichte* a bha an iobairt-pheacaidh air a toirt suas —cha 'n e mhàin dearmad air deas-ghnàth, ach breugan, goid, mionnan-eithich, neò-ghlaine, etc. Cho luath 's a bha mothachadh aig sagart, no fear-riaghlaidh, no aon dhe 'n t-sluagh, no eadhon aig a' cho-chruinneachadh, air peacadh, bha e mar fhiachaibh air damh no gabhar a thoirt gu bhi air iobradh, airneo a bhi air iomsgaradh bho shluagh a' chùmhnant.

2. B' e na h-iobartan fala a bha gu bàs fhulang an àite dhaoine, caoraich, no daimh, no gabhair, no calumain—na beathaich a b'fheumaile do 'n duine. Dh'fheumadh gach aon a bhi coimhlionta—"gun ghaoid"—a shealltuinn gur e beatha choimhlionta, neo-chiontach, a mhàin a dh'fhaodadh neach iobairt an àite ciontaich. Bha e mar sin 'n a shamhla air-san a bha air iobradh mar uan "gun chron gun smal." Ach ged a bha an iobairt coimhlionta ann fhéin, gidheadh, mar iobairt air son peacaidh—a' giùlan agus a' toirt air falbh peacadh—b' e *peacadh* (Lebh. iv. 3) agus

## An Réite

*cionta* (Lebh. v. 19) an sloinneadh. Tha an t-ainm sin aca a chionn a bhi 'n an iobairt an àite pheacach agus am bàs 'n a pheanas air son peacaidh. Bha iad anns an t-seadh sin 'n an shamhla air-san, do nach b'aithne peacadh a bha air a dheanamh 'n a iobairt-pheacaidh—'n a PHEACADH —air son-ne (2 Cor. v. 21).

3. Tha an fhìrinn cheudna air a deanamh soilleir le riaghailt an iobraidh.

Bha làmhan air a chur air ceann na h-iobairt mar shamhla cionta an duine a bhi air a mheas do 'n iobairt—an iobairt a bhi gabhail àite-san (Leugh Àir. viii. 10 agus viii. 16). An uair a bha an ciontach a' tighinn air beulaibh Dhé leis an iobairt bha e cur a làmhan oirre agus ag aideachadh a pheacaidhean. An uair a bha an t-iobairt air son a' choimhthionail chuir na h-éildeirean an làmhan oirre an ainm an t-sluaigh. Air là mòr na réite bha dà bhoc air iobradh air son an t-sluaigh—an darna fear air a mharbhadh agus am fear eile air a chur do 'n fhàsach: "Agus cuiridh Aaron a dhà làimh air ceann a' bhuic bheò, agus aidichidh e os a chionn uile lochdan chlainn Israeil, agus an uile sheachrain 'n am peacaidhean gu léir, agus *cuiridh e iad air ceann a' bhuic*, agus cuiridh e air falbh e le

## Iobairtean nan Iudhach

làimh duine iomchuidh do 'n fhàsach" (Lebh. xvi. 21).

Bha an iobairt air a marbhadh, oir "is e tuarasdal a' pheacaidh am bàs." Air do 'n chiontach a làmhan a chur air ceann na h-iobairt, agus air dha tre aideachadh a pheacadh a chur air a ceann, bha i air a gabhail uaithe mar iobairt-réite air a shon (Lebh. iv.)—tha beatha na h-iobairt air a toirt mar éirc air son beatha no anam an duine, is i air a cur gu bàs 'n a àite. Mar sin theirear *miosbeach*—"àite marbhaidh"—ri altair na h-iobairt, far a bheil Dia a' coinneachadh 's a' cumail comhluadair ri shluagh ciontach.

A thuilleadh air an sin uile bha an fhuil air a cur air adhaircean na h-altarach—a' chuid a b' àirde agus bu naoimhe. An uair a bha an iobairt air son an àird-shagart agus air son an t-sluaigh bha an fhuil air a cur air beulaibh a' bhrat, agus air adhaircean altair na tùise. Air là mòr na réite—an samhla as coimhlionta air an réite a choimhlion Criod—bha an fhuil air a crathadh air Caithir na Tròcair 's an Ionad bu ro-naomh — far an robh làthaireachd Dhé an còmhnuidh air fhoillseachadh.

4. Tha na Sgriobturan a' cur an céill gu 'n robh cionta a' pheacaich air a thoirt air falbh agus Dia

## An Réite

air a dheanamh réidh an còmhnuidh a' leantuinn nan iobairtean ud. B' e *maitheanas* a' chrioch a bha air iarraidh agus a bha air a *ghealltuinn*. Cha'n e gu 'n robh peacadh air a mhaitheadh air sgàth fuil tharbh agus ghabhar, ach bha sud éifeachdach a chum "glanadh na fèòla"—ní a bha 'n a shamhla air an fhior mhaitheanas a tha air fhaotainn air bonn na h-aon iobairt choimhlionta a thug Criosd suas 'n ar n-àite, agus a bha air a sheilbheachadh le peacaich *anns a' h-uile linn* tre chreidimh.

5. Tha an Fhìrinn a' teagasg gu soilleir gu 'n robh na h-iobairtean air an toirt suas a chum bhi toirt air falbh peacaidh. "*Ni thu anam 'n a iobairt-réitich.*" "*Leag an Tighearna air-san aingidheachd gach aon dinn.*" "*Lotadh e air son ar peacadh-ne . . . leagadh air-san smachdachadh (peanas) ar sith.*" Sud mar a labhair an Spiorad tre Isaiah. "*Air dhuibh fios a bhi agaibh nach do shaoradh sibh le nithean truaillidh . . . ach le fuil luachmhor Chriosd*"—sud mar a chuir Peadair e. "*Amhuil mar nach d' thainig Mac an duine a chum gu 'n deantadh frithealadh dha, ach a dheanamh frithealaidh, agus a thoirt anama féin mar éiric air son mhòran.*" Sud mar a labhair an Ceann glòrmhor fhéin, air a thurus do'n t-saoghal.

## Iobairtean nan Iudhach

Ach tha na Sgriobturan làn dhe 'n teagast  
cheudna.

Cha ruigear a leas tuilleadh a radh ach gu 'n  
robh na h-iobairtean ud 'n an samhla agus 'n am  
faidhdeireachd air Criosd—Uan Dhé a tha toirt  
air falbh peacaidh an t-saoghail. Chì sinn so gu  
tric anns na Soisgeulaich: “Fhuair sinne an tì  
mu 'n do sgriobh Maois anns an lagh, agus na  
faidhean, Iosa bho Nasaret, mac Ioseiph.”  
“Rannsaichibh na Sgriobturan . . . is iad sin a  
tha toirt fianuis mu mo thimchioll-sa.” “Agus  
air dha tòiseachadh bho Mhaois, agus bho na  
faidhean uile, dh' eadar-mhinich e dhaibh anns na  
Sgriobturan uile na nithean m'a thimchioll féin.”  
Tha an litir a chum nan Eabhrach a' sealltuinn  
mar a tha “an Tiomnadhl Nuadh am falach anns  
an t-Seann Tiomnadhl, agus an t-Seann Tiomnadhl  
air a thoirt gu solus anns an Tiomnadhl Nuadh.”  
Cha robh anns an lagh ach “sgàile nithean maithe  
ri teachd”—is le Criosd an corp. “Oir ma ni  
fuil tharbh agus ghabhar agus luaithre aighe air a  
crathadh air an dream a bha neò-ghlan, an  
naomhach chum glanaidh na feòla, CIA MÒR AS  
Mò a ni fuil Chriosd, a thug e féin suas tre an  
spiorad shiorruidh gun lochd do Dhia 'ur coguis-se  
a ghlanadh bho oibribh marbha, chum seirbhis a

## An Réite

dheanamh do 'n Dia bheò." Tha na samhlaidhean ud a' nochdadadh gu 'n do ghiùlan Criod peacadh—gu 'n robh e air a dheanamh 'n a "pheacadh"—gu 'n d' thug e a bheatha mar éiric—gu 'n shaor e sinn le fhuil—gu 'n rinn e réite ri Dia—gu 'n do choisinn e maitheanas. "Shaor Criod sinn bho mhallachadh an lagha air dha bhi air a dheanamh 'n a mhallachadh air ar son" (Gal. iii. 13).

## CAIB. IV

### DH' OIBRICH CRIOSD SLÀINTE MAR ARD-SHAGART A SHLUAIGH.

THA na Sgriobturan a' deanamh soilleir gu 'n do sheas agus gu 'n d'fhuiling Criosd mar Ard-Shagart a shluaign.

I. B' e cliù sonruichte an t-sagairt gu 'n robh e air a chur air leth le Dia gu bhi gniomhach as leth dhaoine anns na nithean sin *a bhuiteas do Dhia*. Mar a b' e dreuchd an fhàidh a bhi labhairt ri daoine as leth Dhé, b' e dreuchd an t-sagairt a bhi a' deanamh gnothuich ri Dia as leth dhaoine.

1. Bha e air a thoirt bho mheasg dhaoine a chum gnothuich a dheanamh 'n an ainm. "Tha gach uile shagart air a thoirt *bho mheasg dhaoine*, air orduchadh *air son dhaoine*, ann an nithean a thaobh Dhé." Mar sin ghiùlan e ainmean nan treubhan air a ghuailnean agus air a chridhe. Ma pheacaich e bha sin air a mheas mar gu 'm peacaicheadh an sluagh. Rinn e réite agus eadar-

## An Réite

ghuidhe as leth an t-sluaigh gu léir—a' cur a làmhan air ceann a' bhuic agus ag aideachadh peacaidhean an t-sluaigh.

2. Bha e air a thaghadh le Dia mar a sheilbh sonruichte.

3. Dh' fheumadh e bhi naomh—glan 'n a spiorad agus air a choisrigeadh do Dhia. Bha bann òir aige m'a cheann air an robh na briathran,  
**NAOMHACHD DO 'N TIGHEARNA.**

4. B' e a shochair sonruichte a bhi tighinn dlùth do Dhia—a tighinn *dlùth* le iobairt—tighinn *dlùth* leis an fhùil 's an Ionad Naomh.

5. Mar sin b'e dreuchd an t-sagairt gu sonruichte, a bhi deanamh réite le iobairtean fala, agus a bhi a' deanamh eadar-ghuidhe air son an t-sluaigh. Tha seirbhis a' phàilliuin gu léir a' nochdadadh gu 'm b' e an sagart an aon mheadhon a bha aig daoine air a bhi deanamh gnothuich ri Dia. Ann an so tha Sagart an Tiomnaidh Nuaidh a' coimh-lionadh fior dbreuchd an t-sagairt gu foirfe: “Is mise an t-slighe, an fhìrinn, agus a' bheatha:  
**CHA TIG AON NEACH CHUM AN ATHAR ACH TROMHAM-SA.”**

II. Sheas an sagart anns an t-sean aimsir air son dhaoine àraidh agus fhuair e air an son—agus air an son-san a mhàin—maitheanas cinnteach.

## Criosd mar Ard-Shagart

1. Cha 'n 'eil e air a radh an aon àite gu 'm b' e obair an t-sagairt daoine a chur ann an suidheachadh anns an robh e air a dheanamh comasach dhaibh maitheanas fhaotainn. An uair a pheac-aich Israeleach chaidh e far an robh an sagart, neach a thug suas iobairt-pheacaidh air a shon-beatha an àite beatha—agus air ball fhuair an ciontach maitheanas, a réir gealladh Dhé, “agus bheirear maitheanas dhaibh.”

2. An uair a rinn an sagart eadar-ghuidhe, rinn e e air son an dearbh fheadhan air son an do rinn e réite le iobairt—cha b' ann air son neach sam bith eile. Tha an dà chuid do-sgaraichte—an iobairt agus am beannachadh—tha iad le chéile air son an aona phearsa (Air. vi. 22-27).

3. Is e fior shagart a bha ann an Criosd—cha 'n e sagart samhlachail—agus, a réir an tomhais, bha na seann sagartan 'n an samhla air-san.

(1.) Tha Litir nan Eabhrach gu léir 'na fianuis, air a deachdadh leis an Spiorad, a' nochdadh gu 'n robh sagartan Lebhi 'n an samhla air Criosd, agus gur e fior Ard-Shagart a shluagh. Anns an Litir sin tha sagart air a radh ris sia uairean agus Ard-Shagart dusan uair. A thaobh a' cheud phàilliuin, bha a sheirbhis a “mhàin ann am biadhaibh agus ann an deochaibh, agus ann an iomadh gné ionnlaid,

## An Réite

agus deas-ghnàthan a thaobh na feòla, a chuireadh mar uallaich orra gu àm an ath-leasachaидh. Ach air teachd do Chriosd 'n a Ard-Shagart nan nithean maithe a bha ri teachd, tre phàilliuin a bu mhò agus a b'iomlaine, nach do rinneadh le làmhan . . . agus cha b' ann tre fhuil ghabhar agus laogh, ach tre fhuil fhéin a chaidh e steach aon uair do 'n ionad naomh, air dha saorsa shiorruidh fhaotainn dhuinne. . . . Oir cha deachaidh Criosd a steach do na h-ionadan naomha lamh-dheanta, nithean a tha 'n an samhladh air an fhior ionad, ach do néamh féin, chum a nis e féin a nochdadadh ann am fianuis Dhé air ar son-ne."

(2.) Mar a bha e 'n a *fhior* shagart, air an robh na seann sagartan 'n an samhla, bha an iobairt-réite a thug e suas 'n a fior réite.

(3.) Tha Sagart air a radh ris anns an t-Seann Tiomnad : "Mhionnaich an Tighearna, agus cha ghabh e aithreachas, Is sagart thu gu bràth, a réir orduigh Mhelchisedeic." Tha an Tiomnad Nuadh a' deanamh sagart dheth : Bha e air a thoirt bho mheasg dhaoine chum seasamh an làthair Dhé air an son (Eabh. v. 1; ii. 14-18; iv. 15)—bha e air a thaghadh le Dia chum a dhreuchd—bha e iomlan an naomhachd—bha còir aige a bhi tighinn am fagus do Dia mar nach robh aig neach sam bith

## Criosd mar Ard-Shagart

eile. Chuir e an gniomh a dhreuchd mar shagart —thug e suas an iobairt agus rinn e an eadar-ghuidhe.

4. Tha eachdraidh a' toirt fianuis air sagartachd Chriosd a bhi fior :

Fhuair sagartachd Lebhi—an samhla—làn choimhlionadh ann-san. Aig a bhàs reubadh brat-roinn an teampuill. Bha an teampull 's a sheirbhis air a choimhlionadh agus air a chur air chùl, agus thainig crioch air sagartachd Lebhi.

Mar sin, is e Criosd, mar am fior Ard-Shagart, an aon Eadar-mheadhonar eadar Dia agus duine, agus cha 'n e a mhàin am *meadhan* tre bheil buaidh aig Dia air daoine, ach an neach a tha a' deanamh dhaoine réidh ri Dia, is e a' seasamh a stigh an làthair Dhé air an son. Mar sin fhuair e air son an dearbh muinntir air son an do rinn e gnothuich ri Dia, cha 'n e sochair teàrnaidh, ach teàrnadh pearsanta—maitheanas dearbhta agus cinnteach. Tha e mar an ceudna a' deanamh eadar-ghuidhe air son na muinntir air son an do rinn e iobairt-réite. *Cha 'n 'eil mi a' guidhe air son AN T-SAOGHAIL*, ach air son NA MUINNTIR A THUG THU DHOMH.

## CAIB. V

TEAGASG NA RÉITE AIR A DHEARBHADH LEIS NA  
SGRIOBTURAN A THA GU TRIC A' CUR AN  
CÉILL GU 'N ROBH AR PEACAIIDHEAN AIR AN  
LEAGADH AIR CRIOSD.

THA iomadh earrann dhe 'n Fhirinn a' teagasg gu 'n robh *ar peacaidhean air an leagadh air Criosd*—gu 'n robh iad air am meas dha air dhòigh 's gu 'm b'iad a b'aobhar dh'a fhulangas, as gu 'n d'fhuiling e peanas air an son. “Leag an Tighearna air-san aingidheachd gach aon dinn.” “Rinn e esan do nach b'aithne peacadh 'n a iobairt-pheacaidh air ar son, a chum gu' m biodh sinne air ar deanamh 'n ar fireantachd Dhé annsan.” “Neach a ghiùlan ar peacaidhean e fhéin 'n a chorp fhéin air a' Chrann.”

i. Tha am facial *peacadh* anns na Sgriobturan a' ciallachadh tri nithean: (1) briseadh lagh Dhé—(2) truaillidheachd (Rom. vi. 11-13)—(3) cionta. Is e an seadh mu dheireadh so a tha aige an uair a

## Teagascg nan Sgriobturan

tha an Sgriobtur ag radh “giùlan peacaidh,” “leagadh aingidheachd air,” “peacadh air a mheas dha.” Is e so a tha air a chiallachadh an uair a tha *peacadh* air a radh ris an iobairt, is e a’ fulang peanas an àite a’ chiontaich. Mar sin tha e air a radh gu ’n robh Criod air a dheanamh ’n a *pheacadh*—’n a *iobairt-pheacaidh*—a chionn gur e an iobairt a dh’fhuiling gu toileach peanas ar peacaidh air ar son.

2. Tha am facal, peacadh no fireantachd *air a mheas*, a’ ciallachadh e bhi air a chur ri creideas neach a réir an lagha. An uair a tha ar peacadh air a mheas do Chriosd, tha e ciallachadh gu bheil peanas ar peacaidhean—ar cionta—air a leagail air Criod. An uair a tha e air a radh, gu ’n robh Dia ann an Criod a’ deanamh an t-saoghal réidh ris féin *gun a bhi a’ meas an cionta dhaibh*, tha e ciallachadh nach ’eil e cur am peacadh as an leth mar bhonn peanais. Tha Criod air a dheanamh ’n a *pheacadh* air ar son air an dearbh dhòigh ’s a tha sinne air ar deanamh ’n ar fireantachd Dhé annsan. Is e *cionta* a tha air *a mheas* dha, cha ’n e truaillidheachd—ni a dheanadh ar Fear-ionaid ’n a pheacach mar a tha sinn fhìn.

“Ma dh’ithear idir a’ bheag a dh’fheòil iobairt a thabhartais-shìth air an treas là, cha ghabhar i,

## An Réite

ni mò a *mheasar* i dhà-san a bheir seachad i: bidh i 'n a gràinealachd, etc." Bha an iobairt so air a toirt ach cha d'fhuair esan a thug suas i creideas sam bith air a shon—bha i dha mar nach biodh e air a toirt idir. "Air mo cheud fhreagradh cha robh aon neach leam, ach thréig na h-uile mi: nar agrar orra e"—*na biodh e air a mheas dhaibh.* "Bha e air àireamh am measg nan ciontach."

Mar sin tha na Sgriobturan a' teagasg gu soilleir gu 'n robh uile chionta—toillteanas air peanas—peacaidhean a shluaigh air a mheas—air a chur ri cunntas—Chriosd, agus air an aobhar sin gu 'n d'fhuiling e am peanas mar am Fear-ionaid. Ach ged a bha *cionta* ar n-uile pheacaidhean air a mheas do Chriosd, agus air a thoirt air falbh le a bhàs, tha an coire agus an làire, an truaillidheachd agus an cumhachd, a' sìor-bhuanachadh annainn fhìn. Cha 'n urrainn cliù modhannail aon neach a bhi air a mheas do neach eile. Cha robh e comasach gu'n gabhadh Pearsa naomh ar Tighearna smal peacaidh air fhéin ann an seadh sam bith. Mar sin ged a ghiùlan e ar peacaidhean, agus ged a dh'fhuiling e am peanas a thoill iad, agus ged a bha e air a mheas leis an Athair, fhad 's a bha e fo 'n lagh mar iobairt-réite air son a shluaigh, ciontach agus toillteanach air fearg, cha robh a

## Teagascg nan Sgriobturan

riamh an smal bu lugha air a phearsa no air glòir a naomhachd. Na 'm biodh e comasach gràdh an Athar dha a bhi aon uair na bu mhò na uair eile b' e sin an uair a bha e a' giùlan mallachadh an lagha air son a shluagh. "Is e so mo Mhac gràdhach," thuirt an t-Athair, "anns a bheil mo mhòr thlachd."

## CAIB. VI

### BUAIDH NA H-IOBAIRT-RÉITE.

THA buaidh na h-iobairt-réite a thug Criod suas trì fillte: A thaobh Dhé, rinn i *réite*—a thaobh peacaidh, thug i *air falbh* e—a thaobh a' pheacaich, *shaor* i e.

I. A thaobh Dhé, tha buaidh bàs Chriosd air a chur an céill ann am briathran a tha ciallachadh, araon anns a' Ghreugais agus anns an Eabhra (dà fhacal anns a' Ghreugais agus aon fhacal 's an Eabhra), gu 'n d' thug e riarachadh do Dhia agus mar sin gu 'n do rinn e réite.

Tha an darna facial anns a' Ghreugais (*catallassein*) a' ciallachadh neach a bhi air atharrachadh bho nàimhdeas gu càirdeas—air a dheanamh *réidh*. An uair a tha e air a radh gu 'n do rinn Dia sinn *réidh* ris féin tre Iosa Criod, tha e ciallachadh a' bhuaidh a *choimhlion* an ioabairt-réite—rinn i Dia *réidh* ruinne agus sinne *réidh* ri Dia.

## Buaidh na h-Iobairt-réite

1. Tha na briathran, “rinneadh réidh ri Dia sinn tre bhàs a Mhic” (Rom. v. 10) air am mineachadh leis na briathran, “air ar fireanachadh tre fhuil” (a chum ’s gu ’n) “saorar trìd-san bho fheirg sinn.”

2. Tha na briathran, “gu robh Dia ann an Criosd a’ deanamh an t-saoghail réidh ris féin” air am mineachadh leis an fhacal, “gun a bhi meas an cionta dhaibh” (2 Cor. v. 19). Gun a bhi meas peacadh do neach, is e sin maitheanas.

3. An uair a tha Pòl ag radh, “Bithibh-se réidh ri Dia,” tha e ciallachadh an dearbh nì a thuirt Criosd, “Uime sin ma bheir thu do thabhartas chum na h-altarach, agus gu ’n cuimhnich thu an sin *gu bheil ni air bith aig do bhràthair a’ d’ aghaidh . . . imich agus dean réite air tus ri do bhràthair, agus an deidh sin thig agus tabhair suas do thiodhlac.*” Is e sin, imich, thoir air do bhràthair a bhi réidh riut le bhi toirt air falbh aobhar fheirge. Mar sin tha, “Bithibh réidh ri Dia” a’ ciallachadh sinn a ghabhail ri Criosd mar ar n-lobairt-réite, mar an aon rathad air a bhi réidh ri Dia.

Tha am facal eile anns a’ Ghréigis (*hilascesthai*) a’ ciallachadh riarachadh a thoirt do’n dia, is e fo dhiùmhadh, le iobairt-réite no le bhi a’ fulang

## An Réite

peanas. Anns an t-seadh-sa tha e air a radh gu 'n rinneadh Criosd "’n a Ard-Shagart tròcaireach agus dileas, ann an nithean a thaobh Dhé, chum *réite* a dheanamh air son peacaidhean an t-sluaigh (Eabh. ii. 17). Agus an àite eile, "Neach a shonraich Dia 'n a iobairt-réitich tre chreidimh 'n a fhuil" (Rom. iii. 25), is e sin *réite* tre iobairt a tha còmhdach peacaidhean a shluaign le fhuil.

A' co-fhreagart do 'n dà fhacal Greugais sin tha am facal 's an Eabhra (*caphar*), a' ciallachadh *còmhdach* air peacadh, agus *réite* ri Dia. Mar bhord-uachdair air àirce a' chumhnant 's an Ionad ro-naomh bha leac òir, agus os a cionn bha dealradh làthaireachd Dhé. B' e sud Caithir Dhé. Air an lic sin thugadh an t-ainm "leac a' chomhdaich," (*capòret*) anns an Eabhra agus "ionad na réite" (*hilastérion*) anns a' Ghreugais. Air là mòr na réite chaidh an t-Ard-Shagart a steach le fuil an tairbh mar réite air son peacadh a thighe, agus a ris le fuil a' ghabhair a mharbhadh mar iobairt-pheacaidh air son peacadh an t-sluaigh, agus chrath e iad le chéile air a' Chathair-thròcair agus air a beulaibh. Mar sin an uair a dh'amh-airceadh Dia air a' Chaithir is fuil na h-iobairt air a crathadh oirre, bha am peacadh air a chòmhdach agus Dia air a dheanamh réidh.

## Buaidh na h-Iobairt-réite

Mar sin anns an t-Seann Tiomnadhl's anns an Tiomnadhl Nuadh tha réite tre iobairt air a chur an ceil mar éiric—neach no nì air a thoirt an àite neach eile mar chumha saorsa. Tha Dia air a dheanamh réidh ris a' pheacach a mhàin le peacadh a bhi air a *chòmhdach*; agus tha peacadh air a chòmhdach a mhàin le fuil na h-iobairt. “As eugmhais dòirteadh fala cha 'n 'eil maithheanas r'a fhaotainn” (Eabh. ix. 22), agus “far a bheil maithheanas nan nithean so cha'n'eil tabhartas air son peacaidh ann na's mò” (Eabh. x. 18). A nis is e so am facal (air a chur anns a' Ghreugais) a tha na h-Abstoil a' cleachdadadh is iad a' labhart air Criod agus air obair: “Agus is esan an iobairt-réitich (*hilasmus*) air son ar peacaidhean” (1 Eoin ii. 2); “neach a shonraich Dia 'n a iobairt-réitich” (*hilastérion*) (Rom. iii. 25)—a' *Chaithir-thròcair* air a còmhdach le fuil na h-iobairt.

II. A thaobh peacadh a shluagh, b' e buaidh iobairt Chriosd gu 'n d' thug e *air falbh an cionta*—rinn e réite a thaobh am peacaidhean. Cha d' thug e *air falbh an truaillidheachd* ach thug e *air falbh an cionta*—an toillteanas air peanas an lagha. An uair a tha am facal *réite* a beantainn ri Dia, tha e ciallachadh gu 'n d' fhuair Dia *riar-*

## An Réite

*achadh*, ach an uair a tha e beantainn ri peacadh, tha e ciallachadh gu bheil a chionta air a thoirt air falbh le iobairt. Tha am facal 's an Eabhra (*càphar*) air uairean a' ciallachadh riarrachadh : “An uair a bhios mise réidh riut air son gach uile nì a rinn thu” (Esec. xvi. 63), ach mar as trice 's e *còmhdaich* peacaidh a tha e ciallachadh—còmhdaich le fuil na h-iobairt. Tha mar sin briathran na Firinn a' deanamh soilleir gur e aon de bhuaidhean beannaichte na réite a rinn Criod gu 'n do ghiùlan e peacadh a shluaign—gu 'n do chòmداich e am peacadh le fhuil fhéin—gu 'n d' thug e air falbh a chionta.

Cha 'n 'eil e air a chiallachadh gu 'n d' thug an réite atharrachadh air nàdur Dhé—tha esan neochaoclaideach—no gu 'm b' e an réite a b'aobhar gu 'n ghràdhaich Dia a shluagh. An àite sin b' e a ghràdh, leis an do ghràdhaich e iad bho shiورuidheachd, a b'aobhar air an réite. Oir “is ann mar sin a ghràdhaich Dia an saoghal gu 'n d' thug e aon-ghin Mic.”

III. A thaobh a' pheacaich, tha na Sgriobturan a cur an céill gu 'n choisinn iobairt-réite Chriosd *saorsa* dha—*saorsa* bho mhallachd an lagha air do Chriosd *éiric* a *phàigheadh* air a shon. Tha iomadh facal air a chleachdadhbh 's a' Ghreugais a

## Buaidh na h-Iobairt-réite

tha deanamh so soilleir. “*Cheannaicheadh* le luach sibh.” “Shaor thu sinne do Dhia le d’ fhuil féin.” Tha am facal so a’ ciallachadh, “saoradh le *luach*.” “Cha do shaoradh sibh le nithean truaillidh, mar a tha airgiod agus òr . . . ach le fuil luachmhor Chriosd.” Is e a tha ann an so saoradh le éiric. B’ e Criosd an éiric—an éiric air ar son. Tha *muinntir shaorta* air a radh ri sluagh an Tighearna, anns an t-Seann Tiomnadh agus Fear-saoraidh a shluagh ri Iehobhah.

Tha so uile a’ ciallachadh gu bheil am peacach air a shaoradh a muigh ’s a mach—cha ’n ann idir mar gu ’n ceannaicheadh neach badhar bho cheannaiche. Cha ’n ann fo fhiachan do cheannaiche a bha iad—na ’m b’ ann cha deanadh càil an saoradh ach an *dearbh shuim* ann an cùineadh an rìgh, oir is ann air *an cuid* a bha còir aig an lagh. Ach ’s e bha orra fiachan *peacaidh*, agus leis an sin ’s ann air am *pearsa*, cha ’n ann air *an cuid*, a bha gréim aig an lagh. Air an aobhar sin Thug Criosd *e fhéin* suas do ’n lagh ’n an àite agus phàigh e na fiachan peacaidh a bha aig an lagh orra le *fhuil* luachmhor fhéin—*shaor* e am *pearsa* bho mhallaichadh an lagha air *dha fhéin* a bhi air a dheanamh ’n a mhallaichadh air an son.

Mar sin *shaor* Criosd a shluagh, air *dha* bhi air

## An Réite

a dheanamh 'n a iobairt-reitich air son am peacadh —a' toirt a bheatha agus a shaorsa do 'n phriosonach le éiric a phàigheadh air a shon—le riarrachadh a thoirt do 'n lagh, le bhi coinneachadh ri agartasan 'n an àite. Cha 'n ann le iobairt sam bith a dh' fhaodadh e thoirt no le fulangas sam bith, ach le *e fhéin* a thoirt mar *iobairt-pheacaidh*, a chum réite a dheanamh air an son.

## CAIB. VII .

### THA AONADH DIAMHAIR EADAR CRIOSD AGUS A SHLUAGH.

THA na Sgriobturan a' labhairt air AONADH sonruichte a tha eadar Criosd agus a shluagh. Cha 'n e aonadh a tha ann air an ruig solus reusoin, ged nach 'eil e an aghaidh reuson. Tha e air fhoillseachadh air ùghdaras facal Dhé. Ach aon uair 's gu 'n gabh sinn ris tha e na's usa thuigsinn gu 'n ghiùlan Criosd ar peacaidhean agus gu 'n ruig beannachdan ùmhlachd-san oirnn. Air an làimh eile, mur do ghabh Criosd àite a shluagh agus mur d'fhuiling e air an son tha an t-aonadh air a bheil na Sgriobturan a' labhart do-thuigsinn, mur bheil e gun bhrìgh buileach.

Tha diadhairean ann a their gur e tha anns an neo-chiontach a bhi fulang peanas an àite nan ciontach eucoir, agus ged a dh'fhuilingeadh e mar sin nach b'urrainn maith sam bith a thigheann as, le còir, air son nan ciontach.

## An Réite

Ach ged a tha e fior nach biodh e ceart an neo-chiontach a pheanasachadh an aite a' chiontaich tha e cinnteach nach buin sin idir do Chriosd 'n a dhàimh ri shluagh. Oir a chionn gur Dia e, tobair an lagh naomh, agus gun e fhéin fo fhiachan sam bith do 'n lagh, tha còir neo-chriochnach aige an nì as àill leis a dheanamh ri bheatha agus ri sheirbhis. Leis an t-saorsa neo-chriochnach sin ghabh e *le làn shaorsa a thoile* fiachan a shluaign air fhéin. Uime sin cha 'n urrainn eucoir sam bith a bhi ann an uair a tha an t-Athair a' gabhail uaithe làn riarachadh an lagha 's e seasamh, le shaor thoil ghràsmhor fhéin, àite urrais dh' a shluagh. A rìs, an uair a tha fulangas Chriosd a' toirt riarachadh do Dhia agus a' cur urram air a lagh, éadhon na's fhearr na ged a dh'fhuilingeadh gach peacach a pheanas 'n a phearsa fhéin, cha 'n urrainn e bhi 'n a eucoir sam bith air Dia ann an riaghladh a rioghachd. "A bheil sinn uime sin a' cur an lagha ann an neo-bhrigh tre 'n chreidimh? Nar leigeadh Dia: ach tha sinn a' daingneachadh an lagha."

Tha *Turretin* ag radh gu bheil eòlas againn air trì seòrsachan aonaidh trè am faod peacadh a bhi air a mheas gu cothromach do neo-chiontach—tha na dàimhean fhéin a' deanamh sin cothromach:

## An t-Aonadh Diamhair

mar a tha aonadh *nàdurach*, an dàimh athair ri chlainn, *modhannail agus dùthchail*, an dàimh rìgh ri sluagh a rioghachd, *saor-thoileach*, an dàimh chàirdean, no dàimh urrais ri priosonach air beulaibh cùirte.

A nis, tha aonadh Chriosd ri shluagh air bonn as àirde na aon dhiubh sud. Chunnaic sinn gu 'n robh e le làn shaorsa a thoile fhéin. Ach, a thuilleadh air an sin, b' e sud rùn siorruidh agus àrd-uachdranail trì Pearsaibh na Diadhachd ann an comhairle—ní as e tobair gach lagh agus còir agus dleasdanas.

I. Tha na Sgriobturan a' teagasc gu bheil aonadh diamhair eadar Criosd agus a shluagh, agus feumaidh sinn gabhail ris mar fhìrinn, a mhàin air ùghdasas Facal Dhé. Cha mho as urrainn sinn a thuigsinn le buadhan inntinn nàduraich na thuigeas sinn mar a tha trì Pearsa an aon Dia, no mar a tha dà nàdur an aon phearsa an Dia-duine, no mar a tha sliochd Adhaimh air an aonadh ann an aon cheann. Tha e air a shamhlachadh ris an aonadh a tha eadar an togail agus a' bhunait—eadar craobh agus a geugan: “Fanaibh annamsa agus mise annaibhsa”—ris an aonadh a tha eadar an corp agus na buill: “Oir mar a tha mòran bhall againn ann an aon chorpa . . .

## An Réite

amhuil sin, ged tha sinne 'n ar mòran is aon chorp ann an Criosd sinn"—ris an aonadh a tha eadar fear agus bean, agus gu sonruichte ris an dàimh a tha eadar Adhamh agus a shliochd. Tha sinn air ar fireanachadh ann an Criosd—an darna h-Adhamh—agus a tha sinn ciontach anns a' cheud Adhamh. Tha sinn ann an dàimh *beatha* agus *cùmhnant* riù le chéile. "Oir mar tre eas-umhlachd aon duine a rinneadh mòran 'n am peacaich, *is amhuil sin* tre ùmhlachd aon duine a nithear mòran 'n am fireanan." Tha e air a radh gu 'n ghiùlan e ar peacaidhean '*n a chorp* fhéin air a' Chrann—gu bheil sinn air ar deanamh 'n ar fireantachd Dhé *annsan*—gu bheil sinn marbh agus ar beatha falaicht, *maille ri Criosd* ann an Dia—nach e sinne tha beò, ach Criosd a tha beò *annainn*. *Annsan* tha againn saorsa, eadhon maitheanas ar peacaidhean. Tha compàirt againn 'n a fhìreantachd (1 Cor. i. 30), 'n a fhubhais (Phil. iii. 10, 11), 'n a Spiorad Naomh (Rom. viii. 9).

Tha e a' giùlan ainmean àraidh a tha nochdadadh an seòrsa aonaidh a tha an so: An darna Adhamh —an Ceann — ar n-Ard-Shagart — ar n-Eadar-mheadhonar—ar Fear-tagraigdh—ar n-Urras.

Mar sin is e teagastg na Firinn (1) gur e fior

## An t-Aonadh Diamhair

aonadh a tha eadar Criod agus a shluagh, agus air bonn an aonaidh sin tha Dia a meas ceart gu 'm biodh e air a pheanasachadh air son ar peacaidhean, agus gu 'm biodh fhireantachd air a meas dhuinn. (2) Gu 'n ghabh e ar nàdur air fhéin. Rinneadh e 'n a fheòil de ar feòil. (3) Gu 'n robh an t-aonadh a réir comhairle shiorruidh an Athar a' Mhic agus an Spioraid Naoimh. (4) Gu 'n ghabh e le shaor-thoil ar fiachan do 'n lagh. (5) Gu 'n rinneadh e do a shluagh uile 'n a Spiorad a bheothaicheas.

Tha an t-aonadh diamhair so a' cur solus dhuinn air an dàimh anns an do sheas Criod ri peanas an lagha, agus a' bhuaidh a tha le ùmhachd ann a bhi a' deanamh réite air son peacaidhean a shluagh, agus ann a bhi toirt còir-sheilbh dhaibh maille ris fhéin air oighreachd ghlòrmhor.

## CAIB. VIII

TEAGASG NAN SGRIOSTURAN AIR NÀDUR AGUS  
BUNAITEAN FIREANACHAIDH.

THA dà sheadh anns a bheil diadhairean ag amharc air fireanachadh. Tha cuid mar a tha eaglais a' Phàp, agus cuid eile aig a bheil barail mhearrachdach air nàdur obair Chriosd, a' teagasg gu bheil fireanachadh a' ciallachadh duine bhi air a dheanamh 'n a fhìrean le atharrachadh 's an taobh a stigh—nàdur nuadh a thoirt dha. Tha cuid eile mar a tha eaglais an Ath-leasachaiddh, agus iadsan a tha creidsinn gu 'n do rinn Criosd réite air son peacadh a shluagh, a' teagasg gur e a tha ann am fireanachadh, duine bhi air a mheas mar fhìrean air bonn iobairt réite Chriosd—duine air a chur ann an dàimh nuadh ris an lagh, is a chionta air a ghiùlan le Criosd air a shon.

Tha binn air a thoirt air a tha 'g a ghairm saor bho chionta—gu bheil e neo-chiontach—nach 'eil

## Fireanachadh

càil aig an lagh 'n a aghaidh no ri chur as a leth. Tha am facal a' ciallachadh sin araon anns a' Ghreugais agus 's an Eabhra. Ann an aon fhacal tha fireanachadh a' ciallachadh gu bheil fiachan an lagha air an coinneachadh, agus gu bheil an lagh *ag radh* sin. Cha 'n urrainn an lagh an duine a chumail am prioson na's fhaide—tha e 'g a *ghairm* saor. “Ach do 'n tì nach dean obair, ach a tha creidsinn anns an tì a dh'fhireanaicheas *an duine mi-dhiadhaidh* MEASAR a chreideamh dha mar fhireantachd.” Tha ann an so fireantachd *air a meas* do 'n chreidmheach — cha 'n ann air a *dhneanamh* 'n a fhìrean le gràs 's an taobh a stigh. Tha Dia an so a' fireanachadh *an duine mi-dhiadhaidh* —ged a tha e *mi-dhiadhaidh* tha e air a *mheas* mar dhuine *neo-chiontach* do bhrìgh gu 'n riaraich Criod an lagh air a shon. Tha e air fhìreanachadh gu saor *tre ghràs*. Thig an t-atharrachadh 's an taobh a stigh air dhòigh eile, ach is e bhios ann an sin *naomhachadh*.

Ma tha mi dhe 'n bheachd nach do bhàsaich Criod air son mo pheacaidhean a chum mo dheanamh réidh ri Dia, ach gur ann a chuir Dia gu bàs e chum gu 'n tugadh a bhàs air falbh cruas mo chridhe—gu 'n deanainn duine maith dhiom fhìn—tha e cinnteach gur e bhiodh anns an

## An Réite

atharrachadh sin *naomhachd*. Ach nach 'eil sin a' toirt uam an fhacail "fireanachadh"—feumaidh mi "naomhachadh" a chur anns gach earrainn dhe 'n Fhìrinn anns a bheil "fireanachadh." Ach ma nì mi sin nach fhàg e iomadh earrainn gun bhrìgh? "Cha 'n 'eil tairbhe sam bith ann an Criod dhuibhse a tha air 'ur *naomhachadh* tre 'n lagh; thuit sibh bho ghràs." "Tha mi ag radh ruibh gu 'n deachaidh am fear so sios d' a thigh air a *naomhachadh* na's mò na fear ud eile." "Ach air dhàsan toil a bhi aige e féin a *naomhachadh*, thuirt e ri Iosa, agus cò e mo choimhearsnach?" Nach 'eil e soilleir bho na h-earrannan sin mar a tha a bhi cur "naomhachadh" ann an àite "fireanachadh" a' fiaradh na Firinn.

Ach tha facial eile a tha cur solus air fireanachadh, eadhon am facial dìteadh. "Cò chuireas coire sam bith a' leth dhaoine taghta Dhé? Is e Dia a dh'fhìreanaicheas." "Uime sin mar tre chionta aon duine a thainig breitheanas air na h-uile dhaoine chum ditidh, is amhuil sin mar an ceudna tre fhìreantachd aoin, a thainig an saor-thiodhlac air na h-uile dhaoine chum fireanachaидh na beatha" (Rom. v. 18). Cha 'n 'eil teagamh sam bith nach e binn lagha a tha ann an dìteadh. Mar sin tha am facial a tha m'a choinnimh, "fireanachadh,"

## Fireanachadh

'n a bhinn lagha mar an ceudna. Air an darna làimh tha an lagh a' *gairm* neach ciontach, agus air an làimh eile tha an lagh ceudna a' *gairm* neach neo-chiontach.

B' e fireanachadh anns an t-seadh sin am facal cumhachdach a bhris seana chuing a' Phàpa aig àm an Ath-leasachaiddh, agus a dhùisg an sluagh á cadal trom nan linntean, agus a thug a steach an t-saorsa agus an soirbheachadh a rinn eachdraidh nuadh ann an saoghal nuadh.

A chum a bhi cumail saor bho mhearachd bho thaobh eile is còir a chumail air chuimhne nach e fireanachadh an aon ni ri maitheanas. Tha e cinnteach gu bheil maitheanas air a ghabhail a steach ann am fireanachadh—tha eadhon àiteachan anns an Sgriobtur anns a bheil fireanachadh air a chiallachadh leis an fhacal maitheanas: mar a tha Isa. lv. 7; Gniomh. x. 43; Eph. i. 7. Ach tha eadar-dhealachadh ri chur eatorra. Is e tha ann am maitheanas gniomh rìgh leis a bheil e cur còraichean an lagha a thaobh agus a' toirt a shaorsa do 'n chiontach. Tha e deanamh sin mar rìgh, is ùghdasras aige, air son aobharan àraidh, ciontach a chur saor gun a bhi fulang peanas an lagha. Ach cha 'n 'eil sochair sam bith no duais sam bith an lorg sin, ach a mhàin gu bheil a

## An Réite

shaorsa air a thoirt do 'n phriosonach. Ann a bhi fireanachadh, air an làimh eile, tha gniomh a' bhreithimh leis a' bheil e toirt a mach binn a réir cnàimh an lagha. Cha 'n 'eil leud na ròine de dh'agartasan an lagha air a lasachadh, tha làn riarachadh aig an lagh. An lorg sin tha an creutar air fhìreanachadh—air a ghairm neochiantach—agus tha *còir* aige air gach duais anns a' chùmhnant a tha air a ghealltuinn an cois na h-ùmhachd—an cois lan choimhlionadh. Tha mar sin aig a' pheacach a tha air fhìreanachadh, air bonn ùmhachd Chriosd, araon maitheanas agus làn chòir air gach sochair a tha anns a' chùmhnant, dìreach mar gu 'm biodh e fhéin air an lagh a choimhlionadh. Oir tha airidheachd Chriosd air a mheas dha—choimhlion e an lagh ann am pearsa Chriosd, fhear-ionaid (Eph. i 14). Is e an gealladh gu 'm bi am firean tre chreidimh *bed*. Tha fireanachadh a' toirt leis "sith ri Dia"—"slighe gu dol a steach"—"gàirdeachas ann an dòchas glòire Dhé"—"rinneadh réidh ri Dia sinn tre bhàs a Mhic—saorar tre a bheatha sinn." Cha 'n e mhàin gu bheil maitheanas aca, ach mar an ceudna, "oighreachd maille riusan a tha air an naomhachadh." Tha iad air an deanamh "'n an rìghrean agus 'n an sagartan do Dhia."

## Fireanachadh

Cha 'n ann do bhrìgh còir rioghail a bhi aige a tha Dia a' fireanachadh pheacach, ach air bonn fireantachd choimhlionta Chriosd air a meas dhuinn agus air a gabhail thugainn tre chreidimh a mhàin. Is e sin *gniomh an fhìreanachaídh*. Agus c'ait a bheil gniomh àrd-uachdranail a' tighinn a steach? Tha e tighinn a steach (1) ann a bhi toirt pearsa Chriosd gu bhi fulang peanas an lagha agus a' coimhlionadh cumhachan a' chùmh-nant ann an àite a shluagh. Tha sin a mhàin a réir comhairle a thoile féin—(2) ann a bhi taghadh peacach sam bith a chum seilbh a bhi aige ann an toraidhean na réite a rinn Chriosd—(3) ann a bhi toirt còir do pheacach sam bith ann an obair an teàrnaidh, a choimhlion Chriosd, tre thiodhlaic a' chreidimh agus an aithreachais agus gach gràs a tha 'g an leantuinn.

A nis air do Dhia a bhuidhan *rioghail* a chleachdadadh air an dòigh so tha sochairean na slàinte agus gràis Dhé 'g an seilbheachadh leis a' pheacach *tre* Chriosd agus *bho* Chriosd. Choimhlion Chriosd an lagh—ghiùlan e an cionta—mar am fear-ionaid. Uime sin is leis-san *le còir* beatha agus saorsa na muinntir air son an d' fhuiling e. Is leis mar *a chòir* geallaidhean a' chùmh-nant. Is leis mar *chòir fireanachadh*—

## An Réite

gu 'n gairm lagh agus naomhachd a' mhuinntir airson an d'fhuling e neo-chiontach, is iad a' gabhail ris-fhéin mar a tha e air a thairgse anns an t-soisgeul. Uime sin tha e soilleir gur e gniomh Dhé mar am *Breithimh* a tha ann am fìreanachadh a' pheacaich—ann *an gniomh* an fhìreanachaíd—ach 'n a ghràs rìoghail a thaobh nam muinntir sin a tha air am fìreanachadh.

## CAIB. IX

### NÀDUR AGUS BUAIÐH A' CHREIDIMH

CHA 'n urrainn sinn nàdur agus dreuchd a' CHREIDIMH, mar a tha sin air a chur an céill anns an Fhìrinn, a thuigsinn ach ann an solus na Réite agus an dàimh cùmhnannt a tha eadar Criod agus a shluagh.

B' e cliù sonruichte an t-soisgeil a bha air a shearmonachadh leis na h-Abstoil, gu 'n robh slàinte a' leantuinn, mar thiodhlac, air ball an deidh do an luchd-éisdeachd creideamh a chleachadh air an Tighearna Iosa Criod. "Creid anns an Tighearna Iosa Criod agus teàrnar thu." Cha 'n 'eil nì sam bith eile air iarraidh. Far a bheil an creideamh sin tha tiodhlac na slàinte air a thoirt do 'n anam air ball.

A thaobh nàdur a' chreidimh so, tha e furasd gu leòr a dhearbhadh gu bheil e ciallach, cha 'n e mhàin *aonta* thoirt do fhìrinn a tha toirt eòlas air pearsa Criod agus air a chòraichean, ach mar

## An Réite

an ceudna *earbsa* ann fhéin agus 'n a obair chriochnaichte.

1. An uair a tha e air a radh gu bheil neach a' creidsinn *ann an* neach no air neach, tha sin a' ciallachadh earbsa ann mar phearsa agus a bhi gabhail ris an fhanuis mar fhírinn. A nis tha an Fhírinn gun sgur a' cur an ceil gur e an creideamh so an aon dòigh teàrnaidh. “An tì a chreideas ANN-SAN cha dìtear e: ach an tì nach creid tha e air a dhìteadh a cheana, a chionn nach do chreid e ann an ainm aon-ghin Mhic Dhé”—Eòin iii. 18. “Oir is sibhse uile mic Dhé tre chreidimh ann an Iosa Criosc”—Gal. iii. 26.

2. Tha an creideamh so—an aon mheadhon tre bheil slàinte air a sheilbheachadh le anam—air a dheanamh soilleir anns an Fhirinn le briathran a tha ciallachadh gné an nì a tha ri dheanamh ann a bhi creidsinn: “Is mise aran na beatha: an tì a thig a'm' ionnsuidh-sa cha bhi acras gu bràth air, agus an tì a chreideas annam-sa cha bhi tart gu bràth air”—Eòin vi. 35. Tha creideamh ann an so air a thoirt fo 'n t-samhla a bhi *tighinn gu Criosc*. “Ach a' mheud as a *ghabh ris* thug e dhaibh cumhachd a bhi 'n an clainn do Dhia, eadhon dhaibhsan a tha creidsinn 'n a ainm”—Eòin i. 12. Ann an sin tha creideamh air a thoirt

## Nàdur a' Chreidimh

fo 'n t-samhla a bhi *gabhair* ri Criod. "A chum tre dhà nì neo-chaochluidheach, anns an robh e eu-comasach gu 'n deanadh Dia breug, gu 'm biodh againne comhfhurtachd làidir, a *theich chum dìdein*, gu gréim a dheanamh air an dochas a chuireadh romhainn"—Eabh. vi. 18. Tha creideamh air a nochdadhl ann an sin fo shamhla eile —*teicheadh chum dìdein*. "Oir tha fhios agam co ann a chreid mi, agus is dearbh leam gu bheil esan comasach air an nì sin a dh' earb mi ris a choimhead fa chomhair an là sin"—2 Tim. i. 12. Ann an sin tha creideamh air a chiallachadh le *bhi cur nì ro-luachmhor* 'n a làmhan a chum a ghleidheadh air ar son.

3. Tha a' bhuaidh a tha a' leantuinn a' chreidimh so de leithid a ghné 's gu bheil e deanamh soilleir gur e tha ann gniomh an anam gu léir tre bheil e gabhair Criod d' a ionnsuidh, ag earbsa as, agus a' gabhair ri obair-san gu h-iomlan mar bhunait ar beatha agus ar sonais gu bràth. Tre chreidimh tha sinn air ar n-aonadh ri Criod. Tha e gabhair còmhnuaidh 'n ar cridheachan tre chreidimh.

Agus a nis feumar a thoirt fainear nach e idir aon *dòigh* á measg mhòran air a bhi cur an céill an t-soisgeil, ach an *aon* *dòigh* air an robh an

## An Réite

soisgeul air a shearmonachadh do pheacáich leis na h-Abstoil. Is e an aon dòigh a dh'aidich an Spiorad Naomh bho là na cuingeis gus a nis. Tha mar sin co-chòrdadh sonruichte eadar teagastg na Firinn mu chreidimh agus teagastg na Firinn mu'n Réite a choimhlion Criod. Ma ghabh Criod àite a shluagh fo'n lagh, agus ma dh'fhuiling e am peanas 'n an àite, a chum an cionta a thoirt air falbh agus an deanamh réidh ri Dia tha na Sgriobturan a tha a' labhart mu chreidimh *ann an* Criod mar an aon mheadhon air slàinte soilleir agus furasd an tuigse. Ma thug fhulangasan làn riarachadh do 'n lagh 'n an àite—ma choisinn ùmhachdsan duais shiorruidh air an son—cha 'n urrainn tuilleadh a bhi aca r'a dheanamh, ach gu 'n gabh iad ri obair chriochnaichte-san agus gu 'n *earb iad rithe* gu muinghineach mar an aon bhunait anns a bheil riarachadh aig an lagh agus air am faod iad dòchas làidir a thogail. Mar sin an dearbh uair anns a bheil sinn a' *creidsinn* is leinn gu siorruidh fireantachd Chriod 'n a h-uile lànachd agus le h-uile chòraichean cùmhnant. Ann an dearbh uair 's a bheil sinn a' cleachdad a' chreidimh sin tha sinn air ar n-aonadh ri Criod —cuspair a' chreidimh—ar n-Urras, ann an cosheilbh naomh agus shiorruidh air gach dàimh,

## Nàdur a' Chreidimh

agus urram, agus còir as leis mar thoradh air an réite ghlòrmhor a choimhlion e.

Ach ma's ann a mhàin a chum gu 'n tugadh a bhàs buaidh agus leaghadh air ar cridheachan, a chum gu 'n seachnad sinn peacadh agus gu 'n deanadh sinn fhìn oibribh fireantachd a dh'fhuiling Criod cha 'n 'eil feum 's am bith 's a' chreidimh a chum slàinte an anam. Tha creideamh diomhain.

Agus ma's ann a mhàin a chum a bhi nochdadh do 'n t-saoghal cho cinnteach 's a ni Dia dioghaltas air peacadh—a mhàin a chum a bhi neartachadh ùghdarais mar Riaghladair—a bhàsaich Criod cha 'n 'eil feum air creidimh mar mheadhon teàrnaidh—feumaidh teàrnadh a thiginn air dòigh eile.

Ach mar a chunnaic sinn, is e soisgeul—aon soisgeul nan Abstol—gur ann tre chreidimh anns an Tighearna Iosa Criod as urrainn aon anam a bhi air a theàrnadh. Agus chunnaic sinn mar an ceudna gu bheil sin a' toirt leis gu 'n do ghiùlan Criod ar peacaidhean 'n a chorp fhéin air a' Chrann—gu 'n d' thug e riarachadh do 'n lagh mar Fhear-ionaid—mar Urras-cumhnant a shluagh.

## CAIB. X

MAR A THA NA SGRIOBURAN A' TEAGASG GU  
FEUMADH CRIOSD RÉITE A DHEANAMH MU 'N  
ROBH E COMASACH GU 'M BIODH ANAM AIR A  
THEÀRNADH.

THA e air a chumail a mach le diadhairean a tha  
air an ainmeachadh air sgoil Chalbhin—a réir  
teagasg an Abstoil—seach gu 'n pheacaich na  
h-uile agus gu 'n chaill iad an còir air beatha, ma  
bhios aon dhiubh air a theàrnadh, gur ann tre  
ghràs Dhé, a réir deagh-ghean a thoile. Mar a  
tha sin fior cha 'n urrainn e bhi 'n a *fhiachan* air  
Dia aon sam bith a theàrnadh—tha c gu h-uile 's  
gu h-iomlan bho ghràs. Ach air do Dhia a  
rùnachadh daoine ciontach a theàrnadh, tha a'  
cheisd ag éiridh, “Dé an seadh anns a bheil e  
fior gu 'm b' éigin do Chriosd obair na réite a  
choimhlionadh?”

Tha na Socinianaich a' cumail a mach nach  
robh ann an obair Chriosd ach aon dòigh á

## Réite Chriosd

mòran a dh' fhaodadh Dia a ghabhail a chum cridheachan dhaoine a leaghadh agus an toirt gu aithreachas.

Tha diadhairean eile a' cumail a mach nach robh ann am bàs Chriosd ach dòigh a ghabh Dia a chum *olc* a' pheacaидh a shealltuinn do 'n t-saoghal, agus cho cinnteach 's a tha a pheanas.

Bha Tòmas *Aquinas* a' cumail a mach nach robh e comasach, *a réir ceartais*, peanas a' pheacaидh a mhaitheadh, gidheadh nach biodh e idir mi-cheart ann an Dia, na 'm b' e sin a thoil, agartasan an lagha a chur a thaobh agus peacadh a mhaitheadh gun riarrachadh 's am bith a thoirt do 'n lagh.

Tha a' chuid mhòr de Eaglais Chriosd a' cumail a mach gu bheil e réir na firinn, gu bheil ceartas ag iarraidh riarrachadh a bhios an dà chuid le saor thoil, agus os cionn toil—cha 'n ann air fhàgail aig toil Dhé eadhon a dheanamh, no fhàgail gun deanamh, mar a chì a *thoil* iomchuidh. Tha so os cionn toil, direach mar a tha e eucomasach dha e fhéin àicheadh no breug a dheanamh. Mar sin is e teagastg na h-Eaglais; ma tha peacach gu bhi air fhìreanachadh, gu feum ceartas riarrachadh fhaotainn agus peacadh a bhi air a thoirt air falbh le iobairt iomchuidh.

## An Réite

Tha so air a dheanamh soilleir gu leòr bho 'n Fhirinn.

1. Tha na Sgriobturan a' labhart an comhnuidh air iobradh a' Mhic leis an Athair mar iongantas ro-mhòr. Tha a' h-uile ni eile a ni Dia no as urrainn Dia a dheanamh mar neo-ni an coimeas ri Criod a thoirt mar thiodhlac. "An tì nach do chaomhain a Mhac fhéin, ach a thug thairis e air ar son-ne uile, cionnus maille ris-san nach toir e mar an ceudna dhuinn gu saor na h-uile nithean?" Nach fhaod sinn a bhi cinnteach nach robh Dia air Mac a ghràidh iobradh na 'n robh e an comas a ghliocais dòigh sam bith eile a ghabhail, no an comas a chumhachd meadhon sam bith eile a chleachdad, tre am faodadh daoine a bhi air an saoradh bho mhallachd an lagha.

2. Tha an dearbh fhìrinn sin air a thoirt dhuinn leis an Spiorad Naomh—Gal. ii. 21: "Oir ma tha fireantachd tre an lagh, is ann gun aobhar a fhuair Criod bàs." Tha an earrann a' ciallachadh, mar a tha i 's a' Ghreugais, ma tha fireantachd tre lagh—tre lagh air bith—comasach, is ann gun aobhar a fhuair Criod bàs.

3. A rìs, tha e sgriobhta: "Oir na 'm biodh lagh air a thoirt a *bhiodh comasach air beatha thoirt*

## Réite Chriosd

*uaith, gu deimhin is ann o'n lagh a bhiodh fireantachd*" (Gal. iii. 21). Tha sin a' deanamh cinnteach nach biodh Criosd *a riamh* air iobradh *na 'n robh e comasach* gu 'm faodadh fireantachd a bhi air fhaotainn tre 'n lagh.

4. Tha Dia a' cur an céill gu soilleir meud a ghràidh dh' a shluagh le bhi toirt a Mhic mar thiodhlac chum bàsachadh air an son. "Is ann mar sin A GHRÀDHAICH Dia *an saoghal* gu 'n d' thug e aon-ghin Mic" (Eòin iii. 16). "Tha Dia A' MOLADH A GHRÀIDH FÉIN DUINNE, do bhrigh an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich gu 'n d' fhuiling Criosd bàs air ar son" (Rom. v. 8). Is e firinn ro-iongantach a tha an so, agus tha sin fior do bhrigh gu *feumadh* Criosd a bhi air iobradh a chum gu 'm biodh iadsan d' an d' thug Dia gràdh air an teàrnadh. Tha mar sin meud a ghràidh air fhaicinn ann am meud na h-lobairt. Ach ma bha dòigh sam bith eile air am b'urrainn e an teàrnadh —mar an robh ann am bàs Chriosd ach aon dòigh á measg mhòran a dh'fhaodadh Dia a ghabhail—cha 'n 'eil e soilleir ciamar a bha e so 'n a thomhais air a ghràdh.

5. Tha Pòl ag radh : "Neach a shonraich Dia 'n a lobairt-réitich, tre chreidimh 'n a fhuil, chum fireantachd fhoillseachadh le maitheanas nam

## An Réite

peacaidhean a chaidh seachad." Is e sin: Tha iobairt Chriosd a' foillseachadh naomhachd nàduir Dhé ann a bhi maitheadh peacaidh. "A dh'fhoillseachadh," tha e ag radh, "fhireantachd-san 's an àm a tha làthair, a chum gu 'm biodh e cothromach agus gu fireanaicheadh e an tì a chreideas ann an Iosa" (Rom. iii. 25-26). Feumaidh Dia a bhi cothromach. Ach a chum gu 'm biodh e mar sin bha e feumail gu fuilingeadh Iosa an àite na muinntir neo-dhiadhaidh a bha e fireanachadh. Dh'fhuiling Criosd, cha b'ann air son aobhar sam bith eile ach a chionn nach b'urrainn Dia peacach a theàrnadh air dòigh eile, gun ain-neart a thoirt dh' a nàdur naomh.

## CAIB. XI

BHA AN RIARACHADH A THUG CRIOSD DO 'N LAGH  
AIR A DHEANAMH ARAON LE A ÙMHЛАCHD  
AGUS LE FHULANGAS.

AIR do Chriosd àite a shluaigh a ghabhail fo 'n lagh ghabh e air fhéin an uile fhiachan do 'n lagh mar chùmhnant, agus choinnich e iad uile araon le ùmhлаchd agus le fhulangas—le fhulangas choinnich e ri peanas an lagha, agus le ùmhлаchd choisinn e na duaisean a bha air an ghealltainn fo chùmhnant na beatha an toiseach.

Tha na Sgriobturan a' deanamh soilleir gu 'n robh ùmhлаchd Chriosd air a dheanamh ann an àite a shluaigh cho cinnteach 's a bha fhulangas, agus gu 'n rinn e réidh ri Dia sinn leis an ùmhлаchd agus leis an fhulangas le chéile. Tha am falal *riarachadh* a' cur an céill na rinn 's na dh'fhuling Criosd 'n ar n-àite agus air ar son, a chum a bhi coinneachadh ri uile agartasan an lagha, is sinn air an cùmhnant a bhriseadh, agus a chum a bhi faotainn còir agus seilbh air na

## An Réite

beannachdan a bha 's a' chùmhnant air bonn ùmhachd iomlan. Bha uile obair Chriosd air a dheanamh mar *riarachadh*. Le fhubhlas ghiùlan e am peanas a thoill cionta a shluagh, agus thug e riarachadh do 'n Lagh-thabhartair. Le ùmhachd choimhlion e cumhachan a' chùmhnant ris an robh geallaidhean Dhé dh' a shluagh an crochadh.

Tha mar sin ùmhachd agus fulangas Chriosd le chéile a' deanamh suas obair iomlan na réite leis an d' thug e riarachadh do Lagh Dhé, agus cha 'n fhaodar an sgaradh air aon chor, aon chuid ann an obair na h-eadar-mheadhonarachd, no 'n am buaidh air dàimh-cùmhnant a shluagh. Bha beatha Chriosd gu léir, ann an cruth seirbhisich, bho a bhreith gu a bhàs 'n a h-iobairt fhubhlas, agus mar an ceudna 'n a h-ùmhachd thoileach agus làn airidheachd. Fad a bheatha bha e a' fulang agus a' deanamh ùmhachd mar ar fear-ionaid—bha ùmhachd 'n a fhubhlas, agus fhubhlas 'n a ùmhachd. Is e an fhubhlas umhail so an fhìreantachd a tha air a mheas dhuinn. Tha an ùmhachd agus an fhubhlas le chéile feumail a chum lagh a' chùmhnant a riarachadh agus teàrnadh a shluagh a dheanamh cinnteach.

Tha dàimh trì-filt aig an duine ri lagh Dhé :

## Umhlachd agus Fulangas

Tha dàimh *nadurach* aige ris, is e fo 'n lagh mar riaghailt beatha. Tha dàimh *cùmhnant* aige ris tre bheil beatha air a dheanamh cinnteach air chumha ùmhlachd, agus bàs tre eas-ùmhlachd. Tha dàimh *peanais* aige ris, is e ciontach de bhriseadh a' chùmhnant. Anns gach dàimh dhiubh so tha an duine ciontach agus fo fhiachan do 'n lagh.

A nis ma ghabh Criod ar n-àite fo 'n lagh a chum a bhi fulang a' pheanais 'n ar n-àite, feumaidh e bhi gu 'n choisinn e an duais a bha air a ghealltainn air chumha na h-ùmhlachd le ùmhlachd choimhlionta a thoirt 'n ar n-àite. Ma sheas e anns a' bheàrn, mar an t-Urras, bha e fo fhiachan, cha 'n e mhàin am peanas a ghiùlan —fulang air ar son—ach mar an ceudna an ùmhlachd iomlan a thoirt leis am biodh seilbh air a thoirt dhuinn air beannachdan a' chùmhnant. Bha e a stigh air ar son mar an t-eadar-mheadhonar anns na h-uile nì a rinn e—*araon* 'n a fhulangas agus 'n a ùmhlachd. Tha iad *le chéile* a' deanamh na h-lobairt coimhlionta tre bheil riarachadh iomlan air a thoirt do 'n lagh—tre bheil cionta sluagh Dhé air a thoirt air falbh agus còir air a thoirt dhaibh air fàbhor Dhé agus beatha shiorruidh.

## An Réite

1. Bha dà shuidheachadh ann an cùmhnannt na beatha: bha, air an darna làimh, gealladh air fàbhor Dhé agus sonas siorruidh air chumha ùmhlachd choimhlionta, agus, air an làimh eile, peanas a' bhàis air chumha eas-ùmhlachd. A nis cha 'n ann air làrach an lagha a tha aitreabh an t-soisgeil air a thogail. Is e Criosd *crioch* an lagha chum fireantachd do gach neach a chreideas. Thainig e chum gu 'm biodh *fireantachd* an lagha air a choimhlionadh annainn. A chum na crìche sin feumaidh *gach cumha* bhi air a choimhlionadh. Mur do rinn Criosd ach gu 'n ghiùlan e *peanas* ar n-easùmhlachd air ar son cha do rinn sin ach ar cur 's an t-suidheachadh 's an robh Adhamh mu's do thuit e agus ar *fàgail* ann an sin. Ach cha bhiodh buannachd mhòr an sin dhuinne. Dh'fhàgadh e *neo-chiontach* sinn, ach fathast 'n ar *peacaich*—cumhachd agus truaillidheachd a' pheacaidh ann am buadhan ar n-anam. Cha bhiodh dùil gu 'm biodh e comasach dhuinne, anns an t-suidheachadh sin lagh naomha a choimhead gu h-iorlen. Ma 's ann mar sin a tha cùisean is ann gun aobhar a fhuair Criosd bàs, oir cha chomas gu 'n seas creideamh no ùmhlachd fo 'n t-soisgeul an àite ùmhlachd choimhlionta an lagha; agus cha mhò a tha an Sgriobtura' teagastg

## Umhlachd agus Fulangas

an àite sam bith gu bheil neach air fhìreanachadh air *bonn* creidimh—mar gu 'm biodh airidheachd no éifeachd ann an creidimh. Tha na Sgriobturan a' cur an céill gu bheil beatha shiorruidh, uchdmhacachd, agus uile shochairean na slàinte aig a' chreidmheach gu saor tre Chriosd. “Shaor Criosd sinn bho mhallachadh an lagha air dha fhéin a bhi air a dheanamh 'n a mhallachadh air ar son.” “Ma's clann is oighreachan, oighreachan air Dia agus *co-oighreachan maille ri Criosd*.” “Cha'n ann bho oibribh fireantachd *a rinn sinne*, ach a réir a thròcair féin shaor e sinn, tre ionnlaid na h-ath-ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid naoimh, a dhòirt e oirnn gu saoibhir, *tre Iosa Criosd* ar Slànuighear.”

2. Tha na Sgriobturan a' cur an céill gu soilleir gu bheil Criosd a' teàrnadh le ùmhachd mar a thà e le fhulangais. “Uime sin mar tre chionta aon duine a thainig breitheanas air na h-uile dhaoine chum dìtidh, is amhuil sin mar an ceudna tre fhìreantachd aoin a thainig an saor-thiodhlac air na h-uile dhaoine chum fireanachaидh na beatha. Oir mar tre *eas-umhlachd* aon duine a rinneadh mòran 'n am peacaich, is amhuil sin tre *ùmhachd* aon duine a nithear mòran 'n am fireanan.” Dìreach mar is e eas-ùmhachd an

## An Réite

darna h-aon aobhar ar ditidh, is e ùmhachd an aon eile aobhar ar fireanachaидh.

3. Mar Dhia—eadhon mar an Dia-duine—cha robh Criod fo fhiachan air bith do 'n lagh 'n a phearsa fhéin. B' e nàdur fhéin tobair an lagha. Ach mar ar Fear-ionaid gabh e ar nàdur ann an aonachd ri Dhiadhachd, a chum gu 'n seasadh e *air ar son-ne* fo 'n lagh a chum, tre ùmhachd a thoirt 'n ar n-àite, "gu 'n saoradh e iadsan a bha fo 'n lagh, ionnus gu faigheamaidne uchd-mhacachd na clainne" (Gal. iv. 4, 5). Tha sin a' ciallachadh gu 'n *rinneadh* Criod fo 'n lagh—ní nach robh e thaobh a phearsa fhéin—gu 'n robh e air a chur anns an dàimh sin *air ar son-ne*; gu 'n robh e air a dheanamh fo 'n lagh a chum gu 'n coisneadh e air ar son, cha 'n e mhàin maitheanas peacaidh, ach *uchd-mhacachd na clainne*, a bhi 'n ar n-oighreachan air Dia *tre Chriosd* (Gal. iv. 7). A nis, tha e soilleir gu 'n ghabh Criod an t-àite sin, agus gu 'n *dh'fhuiling* e 's an dàimh sin, agus gu 'n choisinn e na *sochairean sin* dhuinne TRE UMHLACHD.

4. Cha b' urrainn an lagh neach sam bith fhìreanachadh as eugmhais ùmhachd choimhlionta. Cha robh e an cumhachd a' pheacaich an umhlachd sin a thoirt, is e 'n a pheacach—"do

## Umhlachd agus Fulangas

bhrìgh gu 'n robh e anmhuinn tre 'n fheòil." Ach chuir Dia sin ceart le Mhac fhéin a chur ann an coslas feòla peacaich, agus air son peacaidh, 'n ar n-àite fo 'n lagh, agus leag e air peanas ar cionta, agus mar sin dhìt Criosd am peacadh 's an fheòil — Dia a' gabhail ri ùmhlachd Chriosd an àite ar n-ùmhlachd-ne. Mar sin, tre ar n-Urras, tha FIREANTACHD AN LAGHA AIR A CHOIMHLIONADH ANNAMNE (Rom. viii. 3, 4).

## CAIB. XII

### EADAR-DHEALACHADH BEACHD AIR FIOR BHRIGH NA RÉITE.

THA eadar-dhealachadh beachd am measg dhiadhairean air fior bhrigh na réite a choimhlion Criod.

1. Tha cuid dhe 'n bheachd gu 'm b' e chrioch shònruichte a bha aig fulangas agus bàs Criod buaidh leaghaidh agus ùmhachd air cridheachan dhaoine, agus sin a mhàin. Is e so am beachd ris an canar, *Moral Influence Theory*.

2. Tha cuid eile dhe 'n bheachd, gu 'm b' e crioch shònruichte fhulangais, cha 'n e mhàin buaidh ghràsmhor a thoirt air cridheachan dhaoine, ach a nochdad a do 'n t-saoghal a' ghràinn a tha aig Dia air peacadh agus a rùn cinnteach air a pheanas-achadh—ùghdasas Dhé mar fhear-riaghlaidh a chumail suas. Is e so am beachd ris an canar, *Governmental Theory*.

3. Tha cuid eile dhe 'n bheachd, gu 'm b' e a'

## Eadar-dhealachadh Beachd

chrioch shònruichte a bha aig fulangas agus bàs Chriosd, an toiseach, riarachadh a thoirt do cheartas Dhé le bhi giùlan peanais an àite a shluagh chiontaich leis a bheil iad air am fireanachadh agus air an deanamh 'n an oighreachan air Dia; agus comhla ris a' sin a bhi foillseachadh gràdh Dhé, leis a bheil cridheachan dhaoine air an leaghadh; agus a bhi foillseachadh do 'n t-saoghal uamhas a' pheacaidh agus am peanas a tha 'g a leantainn. Is e so am beachd a tha air a theagasc anns an Fhìrinn, agus a tha air aideachadh le fior Eaglais Chriosd anns gach linn dhe a h-eachdraidh.

I. Bha a' cheud bheachd—gur ann a mhàin a chum buaidh mhaith a thoirt air cridheachan dhaoine a bhàsaich Criosd—air a theagasc le diadhairean bho chionn ionadh linn, ach bha e air a mheas mar mhearachd leis an Eaglais. Bha e air a theagasc gu soilleir le *Socinus* anns an t-seathamh linn deug, agus le *Abelard*—duine truagh neò-ghlan—anns an darna linn deug. Bha *Socinus* a' cumail a mach (1) nach robh ann am bàs Chriosd ach *eisimpleir* a bha air a thoirt do dhaoine gus a leantainn—(2) seula air geallaidhean Dhé leis an robh dearbhachd air a thoirt air maitheanas peacaidh—(3) meadhon leis an robh an as-eirigh air a foillseachadh agus tre an

## An Réite

deachaidh Criod a ghlòir. "Bhàsaich Criod a chum tre bhàs gu 'n ruigeadh e air as-eirigh. Leis a' sin tha toil Dhé air a daingneachadh agus tha againn dearbh-chinnt air ar n-as-eirigh fhìn agus gu 'n ruig sinn air beatha shiorruidh."

Mar sin a réir teagasg Shocinuis, bhàsaich Criod a dh' aon ghnothuich a chum buaidh a thoirt air inntinn nam peacach agus sin a mhàin: a chum an gluasad gu Criod a ghabhail mar eisimpleir, a dheanamh nithean euchdach direach mar a rinn esan—a dhearbhadh 's a chur solus air gràdh Dhé, agus gu 'n robh e ro-thoileach peacadh a mhaitheadh air bonn aithreachas a' pheacaich—a dhaingneachadh nam firinnean a theagaisg e agus nan geallaidean a thug e tre na fàidhean agus tre Chriosd—a dhearbhadh gu bheil beatha shiorruidh ann dh'a shluagh le bhi toirt cothrom do Chriosd éirigh bho 'n bhàs.

Cha 'n 'eil teagamh nach 'eil tomhais de 'n fhìrinne anns a' bheachd-sa. Ach tha 'n fhìrinne sin air a' teagasg na's cothromaicheadh agus na's soilleire mar a tha e ann an teagasg na h-Eaglais. A réir a' bheachd ud dh'fhaodadh Dia a bhi air dòigh sam bith eile a ghabhail seach a Mhac iobradh. A réir teagasg na h-Eaglais (agus na Firinn) cha robh dòigh eile an comas Dhé a chum a shluagh

## Eadar-dhealachadh Beachd

à theàrnadh ach an dòigh so. Tha mar sin gràdh Dhé air fhoillseachadh mar ghràdh neo-chriochnach an uair nach do chaomhain e aon-ghin Mic. Agus anns an t-solus sin tha mòran a bharrachd buaidh aige air cridheachan dhaoine. Is e so an tobair as an d'éirich uile laoidhean-molaidh na h-Eaglais. Is e so an tobair as an do dhùisg araon gach dùsgadh agus ath-bheothachadh spioradail ann an eachdraidh na h-Eaglais. Air an làimh eile is e am beachd fuar ud (*Moral Influence Theory*) a ghiùlan an toradh seargta a tha air fhaicinn ann an eachdraidh thruagh nam foirmeachal anns gach linn—*Abelard* agus a dheisciobuil, mar a tha na Socinianaich, na h-*Unitarians* (muinntir a tha ag àicheadh Diadhachd Chriosd) agus na *Rationalists* (muinntir a tha cur reuson fuar an àite deachdadhbh blàth agus beò an Spioraid).

Is e so ar ceud argumaid: Tha a' *bhuaidh spioradail* (a tha am beachd-sa a' cumail a mach a bhi mar aon chrioch aig fulangas Chriosd) a' leantainn ann an dòigh a tha na's éifeachdaiche an uair a tha sinn ag amharc air Chriosd mar thiodhlac Dhé a' fulang 'n ar n-àite 's a' giùlan peanas ar peacadhean.

Ach a thuilleadh air an sin, cha 'n 'eil e comasach gu 'n tugadh bàs Chriosd a' buaidh ud

## An Réite

—a' bhuaidh a tha iad sud a' cumail a mach a bha mar aon chrioch aig fulangas Criod— a mach air dòigh cho neo-ionraic. Abair nach ann a chionn nach robh dòigh eile air teàrnadh—nach ann dha-rìreadh an àite nam peacach, no air son peacadh, a dh'fhuiling Criod—ach mar dhealbh no mar sheòrsa de shamhlachas. Faodaidh duine amharc air anns an riochd sin le neònachas, ach cha toir e buaidh air a chridhe mar a bheireadh e is e ag amharc air mar neach a ghràdhach e fhéin —am peacach—cho mòr 's gu 'n leig e sios a bheatha air a shon. Agus air an làimh eile, ciamar as urrainn e bhi chum glòir Dhé a mhac a chur gu bàs mur a b' éigin a dheanamh—a mhàin mar shamhlachas? No ciamar idir as urrainn am facal a bhi fior, air a' bhonn sin : “ Rinn e esan do nach b'aithne peacadh 'n a iobairt pheacaidh air ar son-ne ”?

Agus a rìs: cha 'n urrainn am beachd so seasamh gun a bhi ag àicheadh nam firinnean mòra a tha an Sgriobtura' cur an céill a thaobh lagh agus ceartas; a thaobh nàdur agus crioch nan iobartan Iudhach; a thaobh fireanachadh agus réite; agus teagasgan mòra eile an t-soisgeil.

Tha a rìs: na sgriobturan a' cur an céill gu soilleir gu 'n do bhàsaich Criod mar Shlànuighear

## Eadar-dhealachadh Beachd

air son a' chuid dhe shluagh a chaochail *ròimh àm a theachd*, mar air son na thainig *as a dhéidh* : "An t-Uan a mharbhadh bho thoiseach an t-saoghail." Ach ma 's ann mar shamhlachas—mar shùileachan—a bhasaich Criod, a chum buaidh a thoirt air inntinn dhaoine, cha 'n 'eil e soilleir ciamar a b' urrainn e bhi toirt buaidh air inntinn muinntir a chaochail roimh a theachd do 'n fheòil.

Aon uair eile: A réir a' bheachd so, bhàsaich Criod a chum buaidh àithreachais a thoirt air daoine—cha b' ann idir a chum an teàrnadh—má bhios iad air an teàrnadh is ann le fireantachd a nì iad fhéin. Tha sealladh air Criod air a cheusadh a' leaghadh an cridhe, ach cha 'n e sin slàinte. Cha dean sin ach an aomadh gu gniomharan fireantachd a dheanamh, agus air a' bhonn sin faodaidh iad a bhi air an tearnad. Ach tha an teagastg sin calg-dhìreach an aghaidh teagastgan an t-soisgeil, anns a bheil e air a chur an ceil gu bheil daoine air am fireanachadh gu saor *tre ghràs*—cha 'n ann bho oibribh. Le oibribh an lagha cha bhi feòil air bith air fhìreanachadh am fianuis Dhé.

II. Tha an darna beachd, ris an canar *Governmental Theory*, a' cumail a mach gur ann a chum bhi neartachadh ùghdasas Dhé mar àrd-

## An Réite

riaghladair a dh'fhuiling Criodh bàs. B' e sin gu sonruichte an t-aobhar, ged a tha am beachd so a' cur aonta ris a' cheud bheachd ann a bhi teagasg gu bheil buaidh leaghaidh agus umhlachd air spioradan dhaoine leis cuideachd.

Tha mar sin am beachd so a' teagasg :

1. Nach 'eil ann an lagh Dhé ach dòigh anns a bheil Dia a' nochdadadh a dheagh-ghean. Tha Dia a' riaghlaigh a mhàin a chum *màith* nan uile, agus tha a lagh 'n a inneal tre bheil e a' riaghlaigh dhaoine a chum am maith fhéin. Agus ma tha peanas an ceangal ris an lagh is ann a chum gu 'm bi ùghdaras an lagha air a neartachadh, agus gu faic daoine gur ann a chum am maith a bhios iad umhail dha.

2. Tha e teagasg mar an ceudna nach e fior pheanas an lagha a dh'fhuiling Criodh idir, ach ni a bha seasamh *an àite* peanais—ni aig an robh an aon bhuaidh fo riaghlaigh Dhé 's ged a bhiodh an ciontach fhéin air fior pheanas fhulang.

3. Tha e teagasg cuideachd nach do rinn Criodh réite air son sluagh sonruichte sam bith, agus nach robh buaidh sam bith leis a bharrachd air an so: gu 'n rinn e comasach do na h-uile dhaoine a bhi air an teàrnadh—gu 'n d' thug e as an rathad nì sam bith a bha 'g a

## Eadar-dhealachadh Beachd

dheanamh *mì-laghal* duine sam bith a bhi air a theàrnadh.

A nis cha 'n 'eil teagamh nach 'eil tomhas de 'n fhìrinn air a mheasgachadh anns a' bheachd so. Is e fìrinn mhòr a tha ann gu bheil fulangais Chriosd a' nochdadhl agus a' daingneachadh ùighdaras lagh agus fireantachd Dhé. Tha e cur tomhas de sholus air toillteanas a' pheacaidh air peanas, agus an fheum air réite mu's urrainn Dia maitheanas a thoirt.

Air an làimh eile tha mòran mearachd anns a' bheachd so.

1. Mur a b' e peanas a bha ann am fulangais Chriosd—mur an robh ann ach ni a sheas an àite peanais—cha 'n 'eil e soilleir ciamar a tha sin a' nochdadhl fior ghràinn Dhé air peacadh. Cha 'n 'eil nì air an t-saoghal a nochdas fuath Dhé do pheacadh anns an tomhais anns a bheil sin air fhaicinn an uair a tha Dia a' dòirteadh a chorruich air Fear-ionaid a' pheacaich—a' peanasachadh peacaidh 'n a fhìor agus 'n a uile thoillteanas. An uair nach do chaomhain Dia a *Mhac*, an uair a sheas e *an àite a'* pheacaich, tha a soilleir do na saoghail nach teid peacadh as gun pheanas.

2. Cha 'n 'eil e soilleir a réir a' bheachd so ciamar as urrainn buaidh no beannachd a thighinn

## An Réite

air daoine tre Chriosd. Tha e cumail a mach nach d'fhuling e *air son* dhaoine, ach gu 'n robh f'halangas *a' seasamh* air son peanais. Ach ciamar as urrainn do nì nach 'eil 'n a pheanas ann an seadh sam bith àite peanais a sheasamh? Ciamar as urrainn fulangas aon neach a bhi 'n a bheannachd do neach eile mur bheil dàimh no càirdeas eatorra? Mur ann 'n *ar n-àite* a dh'fhuling Criod—mur do ghabh e *ar fiachan* do 'n lagh air fhéin—ciamar as urrainn còir no páirt a bhi againn ann an toradh f'halangais? Cha'n urrainn.

3. A réir a' bheachd so is e *deagh-ghean* as crioch àraidh do 'n lagh—is ann a chum a bhi cosnadh ùmhachd, a chum a bhi toirt leasan oileanachaидh, a tha Dia a' peanasachadh peacaidh. Faodaidh sin a bhi ach cha 'n e sin uile e, 's cha 'n e sin an toiseach. Tha Dia a' peanasachadh peacaidh a chionn gu bheil am peacadh *olc* ann fhéin, agus a réir lagh na naomhachd, gur *còir* a peanasachadh.

4. Tha am beachd so air seachran an uair a tha e teagastg nach robh ann an àmhghair Ghetsemane agus ioghannan Chalhari ach samhla peanais tre an robh Dia a nochdadadh glòir a bhuidhán. Ach mur b' e *peanas* a bha ann an sud—mur an robh *fior* dhàimh aig a' Phearsa agus aig a' pheanas ud,

## Eadar-dhealachadh Beachd

ri *peacaich* agus ri *peacadh*, is ann a tha Getsemane agus Calbhari 'n an diamhaireachd agus 'n an dorchadas nach gabh rannsachadh. Mur do bhàsaich Criosd chum *riarachadh* a thoirt do lagh naomha an àite pheacach, tha e do-thuigsinn c'arson a dh'fhuling e idir. Ma's ann a mhàin mar *shùileachan* no mar *shamhlachas* a chuir Dia a *Mhac* gu bàs—agus gun a bhi an dàimh phearsanta no laghail ri peacaich—gu cinnteach is ann gun aobhar a fhuair e bàs. Ach ge b' e their daoine aimideach gun eòlas, is e firinn Dhé nach robh ni ann bho shiorruidheachd as mò anns an robh Dia agus Mac a ghràidh an *dùrachd* agus *dha-rìreadh* na ann an ùmhachd agus ann am fulangas Chriosd—an Getsemane agus air Calbhari.

5. Tha am beachd so ag àicheadh teagasgan na Firinn a thaobh nàdur Ceartas Dhé, a thaobh neo-chaochlaindheachd lagh Dhé, a thaobh teagasgan na réite mar a bha iad air an cur an céill an samhla (ann an iobairtean an t-Seann Tiomnaidh) am faidhdeireachd, agus gu soilleir anns an Tiomnadu Nuadh—Criosd ar Fear-ionaid, ar n-Eiric.

6. Tha am beachd so 'n a mhearachd an uair a tha e teagast gu 'n bhàsaich Criosd anns an aon

## An Réite

seadh air son nan uile—a thoirt air falbh nì sam bith a bha deanamh mi-laghail maitheanas a thoirt do'n pheacach air chumha aithreachas a dheanamh. Ach dhearbh sinn bho na sgriobturan gu 'n cheann-aich Criod 'n a bhàs creideamh agus aithreachas, uchd-mhacachd agus oighreachd shiorruidh, air son nam muinntir sin air son an do bhàsaich e.

7. Tha so 'n a bheachd meallta a chionn a bhi cumail a' mach nach 'eil nì ann am fireanachadh ach maitheanas, agus sin air chumha creidimh, agus gu bheil gach tiodhlac spioradail eile air an toirt mar dhuais ghràsmhor air son ùmhachd naomha a' chreutair. Tha so uile colg-dhireach an aghaidh teagascg nan sgriobturan mu nàdur an fhìreanachaiddh, a' chreidimh, agus aonaidh ri Criod.

Tha puincean eile a tha diteadh a' bheachd so, agus mar sin a' deanamh tuilleadh agus soilleir nach seas ach am beachd sgriobturail, soisgeulach, a mhinich sinn anns an leabhar so—am beachd a tha teagascg gu 'n riaraich Criod an lagh air son a shluagh, agus gu 'n dh'fhuiling e 'n an àite fior pheanas an *cionta*, agus gu 'n choisinn e air an son gach uile bheannachd spioradail air dha an deanamh 'n an co-oighreachan maille ris fhéin. Rinn esan réite a tha neo-chriochnach—a' co-

## Eadar-dhealachadh Beachd

fhreagradh ri còr a' h-uile h-anam, gu leòr air son nan uile, air a thairgse do na h-uile a chluinneas an soisgeul, is a' deanamh Dhé comasach gach neach as àill leis a theàrnadh, a' toirt slàinte shiorruidh dhaibhsan uile a chreideas.

## CAIB. XIII

### A' MHUINNTIR AIR SON AN DO RINN CRIOSD RÉITE

THA ceisd ann an so timchioll air an robh, agus air a bheil fhathast, connspaid mhòr: An do bhàsaich Criosc air son nan uile dhaoine gun eadar-dhealachadh, no an ann a mhàin air son sluagh sonruichte air an robh eòlas aige roimh làimh?

Tha cuid ann, mar a tha na h-Arminianaich, a tha dhe 'n bheachd gu 'n robh an gràdh, a dh'fhoillsich Dia ann a bhi toirt a Mhic mar iobairt-pheacaidh air a' Chrann, dha na h-uile dhaoine gun eadar-dhealachadh, agus gu 'n d'iomlanaidh Criosc e fhéin le rùn na h-uile dhaoine a theàrnadh air chumha creidimh. A réir sin, gu bheil an t-iomlan an crochadh air an fheum a ni *an duine fhéin* de ghràs, is cha 'n ann air *gràs Dhé* ag oibreachadh anns an duine.

## Cuspairean na Réite

Tha cuid eile dhe 'n bheachd, mar a tha mhuinntir a tha air an sloinneadh air Iain Calbhìn, gu 'n bhàsaich Criosd air son sluagh àraidi agus gu bheil e teàrnadh an dearbh fheadhainn air son an d'fhuiling e. Tha iad a' cur glòir an teàrnaidh gu *h-iomlan*—bho thoisearch gu deireadh—air gràs Dhé ann an Criosd.

Ann a bhi gabhail beachd air a' cheisid so, tha nithean sonruichte as còir a *thuigsinn* agus a chumail air chuimhne :

1. Cha buin a' cheisid idir do FHOGHAINTEACHD na réite a choimhlion Criosd a chum slàinte a buhiveachadh air na h-uile dhaoine. Tha sinn gu daingeann dhe 'n bheachd nach teid duine a chaoidh a dhith a dh'easbhuidh foghainteachd anns an réite. Tha luach *neo-chriochnach* ann an ùmhachd agus ann am fulangas Chriosd, ann an sùil an lagha—gu leòr, ged a b' e toil Dhé gach duine agus bean agus leanabh a bha no bhios air an t-saoghal a theàrnadh. Cha 'n urrainn duine a bhi ann an teagamh air a' phuinc sin, is eòlas cothromach aige air glòir pearsa an Fhir-ionaid.

2. Cha buin a' cheisid idir do CHO-FHREAGRADH na réite a choimhlion Criosd ri suidhichidhean agus feuman pheacach fo'n lagh. Tha sin cuid-eachd neo-chriochnach. Rinn agus dh'fhuiling

## An Réite

Criosd na bha an lagh ag agradh air gach anam fa leith agus air a' chinne-daonna gu h-iomlan, agus, a thaobh freagarrachd na réite, tha e cho saor do aon neach 's a tha e do neach eile. Tha fulangas Chriosd làn-fhoghainteach air son nan *uile* agus lan fhreagarrach air son gach *aon* air leith, agus air an aobhar sin rinn e comasach do Dhia gach neach as àill leis a theàrnadh.

3. Cha bhuin a' cheisd idir do BHI FAOTAINN SEILBH air sochairean na slàinte. Tha e soilleir nach 'eil *na h-uile* air an teàrnadh. Ma bhàsaich Chriosd air son nan uile, agus mur a bheil na h-uile air an teàrnadh, bhàsaich e gun aobhar air son a' chuid a tha dol a dhìth. Tha na h-uile tha creidsinn anns an t-soisgeul a' creidsinn nach bi aon air a theàrnadh ach le bhi gabhail ris an t-slàinte tha air a tairgse gu saor anns an t-soisgeul. Tha *sinne* a creidsinn gu 'n do bhàsaich Chriosd le làn rùn gu 'n teàrnadh e an dearbh mhuinntir a tha e teàrnadh.

4. Cha bhuin a' cheisd idir do THAIRGSE an t-soisgeil, ni a tha gu saor DO NA H-UILE, le làn chinnte do *na h-uile* a chreideas gu 'm bi iad air an teàrnadh.

5. Cha bhuin a' cheisd idir do na sochairean a tha mar thoradh air bàs Chriosd, mar a tha là nan

## Cuspairean na Réite

gràs, meadhonan nan gràs. Tha *sochairean* do-àireamh agus ro-luachmhor aig an t-saoghal an lorg na h-lobairt-réitich — *sochairean nàdurach* agus *sochairean spioradail*—agus cha 'n 'eil crioch sam bith rompa ; tha iad air son sliochd Adhamh.

6. Agus co dha eile a bhuineas a' cheisd ? Buinidh i do *rùn diomhair* an Athar agus a' Mhic a thaobh nan dearbh fheadhainn air son an do rinn Criod an réite. Is e teagastg na Firinn gu 'n rùnaich Dia ann an Criod sluagh sonruichte a theàrnadh. Tha an rùn sin a' toirt leis obair na réite, na meadhonan leis am bi anamaibh air an cur gu h-éifeachdach ann an seilbh air *sochairean na réite*—air am fireanachadh, air an naomhachadh, air an glòrachadh. Tha an *rùn* sin falaichte —eadar an t-Athair agus am Mac. Cha bhuin dhuine ach an *cuireadh*, an *gealladh*, an dearbh-chinnt gu bheil airidheachd neo-chriochnach anns an lobairt-réite air son *nan uile*, agus slàinte shìorruidh do na h-uile chreideas—“*Ge b' e neach leis an àill.*” Anns an t-seadh dhiamhair so tha criochan aig Dia fhéin air a chur roimh 'n réite—bhàsaich Criod a réir rùn diamhair na Diadhachd air son an t-sluaigh a rùnaich e thearnadh.

Tha e nàdurach gu 'm biodh beachd dhaoine

## An Réite

air a' phuinc so air a riaghladh le am beachd air *nàdur* na réite a rinn Criod.

1. Mar a chunnaic sinn, tha cuid dhe'n bheachd gur ann a mhàin a chum buaidh mhaith a thoirt air cridheachan dhaoine—*Moral Influence*—a bhàsaich Criod. A réir a' bheachd sin tha bàs Criod air son nan uile, agus tha a bhrigh 's a bhuaidh air a thomhais leis an aire a tha an duine deònach a bhi toirt dha.

2. Am beachd cuid eile chuir Dia Criod gu bàs mar fhanuis agus shamhlachas air a rùn peacadh a pheanasachadh, agus ùghdaras a lagha a chumail suas anns gach àite dhe thighearnas—*Governmental Theory*. A réir a' bheachd sin buinidh bàs Criod, eadhon ann an rùn Dhé, anns an aon seadh do na h-uile. Thug e as an rathad ni laghail sam bith a bha tighinn eadar-daoine is *iad fhéin* a thearnadh.

3. Ma's ann a chum ar *fiachan* a phàigheadh a bhàsaich Criod—is e sin fiachan ceannachd—tha e soilleir nach d'fhuiling e ach a réir tomhais nam fiachan. Ma tha fichead not 's na fhiachan cha phàighear ach fichead not. Mar sin a réir an àireamh a tha gu bhi air an teàrnadh, beag no mòr, dh'fhuiling Criod, beagan no mòran. Ach chunnaic sinn nach e fiachan dhe 'n t-seòrsa sin a

## Cuspairean na Réite

tha air daoine. Na 'm b' e bhiodh gach neach air a shaoradh air ball, oir tha airidheachd *neochriochnach* ann am fulangas Chriosd.

4. Tha an t-Arminianach a' cumail a mach gu 'n riaraich Criosd Ceartas as leith nan uile—is e sin a chionn gu 'n bhris iad riaghait fìreantachd fo 'n cheud chùmhnnant. Agus a nise tha Dia tre Chriosd a' deanamh cùmhnnant eile ri daoine, a gealltainn slàinte air *cumhachan as usa*, creideamh agus ùmhhlachd an t-soisgeil — cumhachan a dh'fheumas daoine a choimhead leis a' ghràs choitchionn a tha air a thoirt do na h-uile. Tha an t-iomlan an crochadh ri *saor-thoil* an duine fhéin. A réir a' bheachd sin bhàsaich Criosd anns an aon seadh air son sliochd Adhamh gu léir.

5. Is e teagassg Eaglais an Ath-leasachaiddh, agus tha sinn a' creidsinn, teagassg na Firinn, gu 'n d'fhuling Criosd peanas an lagha an àite a shluagh—riaraich e an lagh air an son—agus choisinn e dhaibh saorsa shiorruidh agus rinn e co-oighreachan dhiubh maille ris fhéin. A réir an teagassg sin cha 'n 'eil crioch sam bith air an t-saorsa, no air na sochairean glòrmhor a thug i steach do 'n t-saoghal, agus anns a bheil seilbh aig na h-uile, ach a mhàin a' chrioch a tha oirre ann

## An Réite

*an rùn diamhair Dhé*—ní a tha falaichte air daoine—a sochairean a chur gu h-éifeachdach ann an seilbh a shluagh taghta a mhàin.

Mar sin tha e soilleir gu bheil beachd dhaoine air a' *chrioch* shonruichte a tha le iobairt-réite Chriosd air a riaghladh leis a' bheachd a tha aca air a *nàdur*—air an t-seòrsa dàimh anns a bheil i, no an tomhais de riachadh a thug i do lagh Dhé air son dhaoine peacach

## CAIB. XIV

### TEAGASG NA H-EAGLAIS MU NÀDUR AGUS BRÌGH AGUS CRIOCH NA RÉITE.

THEID sinn a nise thairis air na h-argumaidean a tha nochdadhbh gu soilleir fìrinn teagascg na h-Eaglais air a' phuinc so, eadhon, gur e crioich mhòr na réite gu 'm biodh sluagh taghta Dhé air an teàrnadh gu pearsanta agus gu h-iomlan.

i. Tha so ag éirigh gu riaghailteach bho *nàdур* na réite, mar a tha sin air a dheanamh soilleir anns an leabhar so.

(i) Chunnaic sinn gu 'n dh' oibrich Criod ar slainte mar ar FEAR-IONAID, agus gu 'n robh ùmhachd agus fhulangais dha-rìreadh 'n ar n-àite agus air ar son. Do bhrìgh gu 'n ghabh e àite a shluaign fo'n lagh, a bhris iad, dh'fhuiling e am peanas a thoill iadsan. Mar Fhear-ionaid bha Criod ann an dàimh phearsanta riu—ann an sùilean an lagha bha iad uile ann an Criod gu

## An Réite

pearsanta, agus bha na rinn e air a mheas gu cinnteach dhaibhsan.

(2) Chunnaic sinn cuideachd gu 'n robh RIARACHADH iomlan anns an obair a rinn Criod 'n ar n-àite. Sheas e steach anns a' bheàrn—ghabh e àite a shluagh fo chùmhnant *briste*, agus choinnich e ri uile agartasan an lagha air an son. Is ann air am *pearsa* a bha gréim aig an lagh. Ghabh Criod an àite, mar phearsa an àite pearsa, agus an uair a thug e *riarachadh* air an son gu pearsanta cha robh gréim aig an lagh tuilleadh orra. Uime sin feumaidh gu 'm bi an dearbh fheadhainn air son an d' thug Criod riarachadh pearsanta air an teàrnadh—cha 'n e gu bheil *còir* sam bith aig a shluagh air a' ghràs, no gu bheil Dia fo fhiachan sam bith dhaibh, na 'm biodh cha bu ghràs gràs na's mò. Is e tha ann, dé *rùnaich* an t-Athair ann a bhi toirt a Mhic, agus dé *rùnaich* am Mac ann a bhi 'g a thoirt fhéin, mar éiric. Tha sochairean na réite an earbsa gu h-iomlan agus gu buileach ri saor ghràs. Cha bhi aon dhe 'n taghadh air a theàrnadh a mhàin a chionn e bhi air a thaghadh, ach tre *shaor ghràs*.

(3) Tha na Sgriobturan a' teagasg gu 'n d'thainig Criod a *theàrnadh* an dream air son an d'fhuil-

## Teagascg na h-Eaglais

ing e—cha b'ann a mhàin a chum a dheanamh comasach dhaibh iad fhéin a theàrnadh, le bhi toirt air falbh nì laghail sam bith a bha anns an rathad—cha b' ann a chum a dheanamh comasach dhaibh Dia a dheanamh réidh—ach thainig e a *theàrnadh* dha-rìreadh. “Oir thainig Mac an duine a *shaoradh* an nì sin a bha caillete” (Mat. xviii. 11). “Chuir Dia a Mhac féin . . . chum gu 'n saoradh e iadsan a bha fo 'n lagh, ionnus gu faigheamaid-ne uchd-mhacachd na clainne” (Gal. iv. 5). Tha na Sgriobturan a' cur an céill gur e bhuaidh a bha le bàs Chriosd, réiteagus fireanachadh. “Oir ma's e is air dhuinn a bhi n-ar náimhdean gu 'n do *rinneadh réidh ri Dia* sinn tre bhàs a Mhic, is mò gu mòr air dhuinn a bhi air ar deanamh reidh a shaorar tre a bheatha sinn” (Rom. v. 10). Tha na Sgriobturan a' cur an céill gu 'n d'fhuairean Chriosd, dh' an mhuinntir air son an do bhàsaich e, maitheanas peacaidh, sìth ri Dia, saorsa bho mhallachd an lagha, bho bhàs, bho pheacadh. “Anns a bheil againn saorsa tre fhuil-san, maitheanas nam peacadh” (Eph. i. 7). “Oir is esan ar sìth-ne” (Eph. ii. 14). “Iosa a shaor sinne bho 'n fheirg a tha ri teachd” (1 Tes. i. 10). “Chum tre'n bhàs gu 'n cloaidheadh e esan aig a bheil cumhachd a' bhàis, is e sin an

## An Réite

diabhul, agus gu 'n saoradh e iadsan a bha tre eagal a' bhàis ré am beatha uile fo dhaorsa" (Eabh. ii. 14). Tha e soilleir nach e so réite a tha fo chriochan. Is e an réite a tha fo chriochan an réite a tha fàgail a' chuid as mò dhiùbhsan air son an do rinneadh i gu bhi cailte gu siorruidh. Is e tha fo chriochan an t-saorsa nach 'eil a' deanamh saorsa cinnteach.

2. Tha na Sgriobturan a' teagasg gu 'n do choisinn Criod gràsan a' chreidimh, na h-ùmhachd, agus an aithreachais air son na muinntir air son an do bhàsaich e.

(1) Tha an Fhìrinn a' cur glòir an teàrnaidh air Criod. Ach ma's urrainn an duine na gràsan ud a chleachdadadh le neart nàduir is ann tre neart fhéin agus cha 'n ann a mhàin tre 'n t-saorsa a tha ann an Criod a tha e air a theàrnadh.

(2) Tha creideamh agus saorsa air an ainmeachadh mar thiodhlacan bho Dhia. "Oir is ann le gràs a tha sibh air 'ur tearnadh, tre chreidimh: agus sinn cha 'n ann uaibh féin: is e *tiodhlac* Dhé e" (Eph. ii. 8). "Esan dh' àirdich Dia le a dheas làimh, 'n a Cheannard agus 'n a Shlànuighear, a thoirt aithreachais agus maitheanas pheacaidhean do Israel" (Gniomh. v. 31).

(3) Tha na tiодhlacan sin air an toirt dhuinn

## Teagascg na h-Eaglais

air sgàth Chriosd agus air luach fhala. “Oir thiodhlaiceadh dhuibh-se air son Chriosd, cha ’n e mhàin *creidsinn* ann, ach mar an ceudna fulang air a shon” (Phil. i. 29). “Beannaichte gu robh Dia . . . a bheannaich sinne leis gach *uile bheannachadh spioradail* ann an ionadan néamhaidh *ann an Criosd*, a réir mar a thagh e sinn ann-san mu ’n do leagadh bunait an domhan, chum gu ’m bitheamaid naomh agus neo-choireach ’n a lathair-san ann an gràdh” (Eph. i. 3-4), “Cha ’n ann bho oibríbh fireantachd a rinn sinne, ach a réir a thròcair féin a shaor e sinn, tre ionnlaid na h-ath-ghineamhuinn, agus ath-nuadhachadh an Spioraid Naoimh: a dhòirt e oirnn gu saoibhir, *tre Iosa Criosd ar Slànuighear*” (Tit. iii. 5-6). “Neach a rinneadh dhuinne le Dia ’n a ghliocas, ’n a fhìreantachd, ’n a naomhachd, ’n a shaorsa” (1 Cor. i. 30).

(4) Tha iadsan a thug an t-Athair dh’ an Mhac a’ creidsinn—agus iadsan a mhàin. “Gach nì a bheir an t-Athair dhòmhса, thig e a m’ ionnsuidh. . . . Agus is e so toil an Athar a chuir uaithe mi, nach caillinn a bheag sam bith de ’n uile a thug e dhomh” (Eòin vi. 37, 39). “Tha mo chaoraich-sa ag éisdeachd ri mo ghuth, agus is aithne dhomh iad, agus leanaidh iad mi, agus

## An Réite

bheir mi a' bheatha mhaireannach dhaibh . . . m' Athair a thug dhòmhsa iad is mò e na na h-uile" (Eòin x. 27-29).

Uime sin, ma choisinn Criod gach uile ghràs spioradail, mar a tha na Sgriobturan a' teagasg, air son na muinntir air son an do bhàsaich e, feumaidh gu 'n creid iad. Ma 's ann a chum an dream ud a naomhachadh agus a ghlanadh a bhàsaich e, tha e cinnteach nach do bhàsaich e air son na muinntir a tha bàsachadh làn de thruaillidheachd a' pheacaidh.

3. Tha muinntir nam mearachdan a' teagasg gu 'n bhàsaich Criod a chum na h-uile dhaoine a chur ann an suidheachadh gu faod iad a bhi air an teàrnadh air chumha a bhi creidsinn.

Ach is ann a tha a' chùis mar so :

(1) Bha ginealaichean a' dol 's a' tighinn fad mhìltean bliadhna mu's do bhàsaich Criod. Cha 'n 'eil e furasd fhaicinn ciamar a' b' urrainn a bhàs buaidh sam bith a thoirt orra is iad tur aineolach air ; no ciamar a b' urrainn saorsa a bhi coitchionn.

(2) Tha trì earrannan sluagh an t-saoghail 's an dorch air bàs Chriosd fad nan linntean a chaidh seachad bho'n uair sin. Cha 'n 'eil e furasd fhaicinn gu 'n robh buaidh sam bith aig a bhàs air na fineachan dorcha sin nach cuala ainm a riamh

## Teagascg na h-Eaglais

—no ciamar as urrainn e bhi fìor gu 'n bhàsaich c a chum gu 'm biodh iad air an teàrnadh air cumha bhi creidsinn 's nach robh sin air fhoillseachadh dhaibh.

4. Bhàsaich Criod a choimhlionadh cumhachan cùmhnnant siorruidh Saorsa a bha eadar an t-Athair agus am Mac. B' e na cumhachan a ghabh Criod air fhéin, gu 'n coinnicheadh e le bheatha 's le bhàs, le tìmhachd agus le shulangas, ri uile fhiachan a shluaign do 'n lagh. B' e na cumhachan a ghabh an t-Athair air fhéin, gú faiceadh Criod “de shaoithir anama agus gu 'm biodh e toilichte.”

Tha e soilleir gu 'n robh a leithid sin a chùmhnnant eatorra bho shiorruidheachd.

(1) Tha a leithid air a chur an céill anns an Fhìrinn. “Ghairm mise Iehobhah thu ann am fireantachd, agus gabhaidh mi gréim de do làimh, agus gleidhidh mi thu; agus bheir mi thu mar choimhcheangal do 'n t-sluagh, mar sholus do na cinnich; a dh' fhosgladh nan sùilean dalla,” etc. (Isa. xlvi. 6-7). “An uair a nì thu anam 'n a iobairt-reitich, chì e shliochd . . . agus soirbhichidh rùn an Tighearna 'n a làimh. De shaoithir anama chì e, agus bidh e toilichte. Le eòlas air-san ni m' òglach fireanach mòran fhireanachadh; oir

## An Réite

giùlanaidh e an eu-ceartan. AIR AN AOBHAR SIN roinnidh mi dha cuibhrionn maille ris a' mhòran," etc. (Isa. liii. 10-11).

(2) An uair a bha Criosd a' coimhlionadh obair air an talamh bha e gu tric a' labhairt air obair a fhuair e bho 'n Athair. "Thàinig mi a dheanamh toil an Ti a chuir uaithe mi." "An àithne so fhuair mi bho m'Athair." "Mar a chomharraich m'Athair dhomhsa."

(3) Tha Criosd a' tagart na duaise a bhuiteadh dha air son na h-oibreach a choimhlionadh. "Ghlòraich mise thusa air thalamh: chriochnaich mi an obair a thug thu dhomh r'a dheanamh. Agus a nis, Athair, glòraich thusa mise maille riut féin, leis a' ghlòir a bha agam maille riut mu'n robh an saoghal ann. Dh'fhoillsich mi d'ainm do na daoine a thug thu dhomh as an t-saoghal. . . . Air an sonsan tha mi a' guidhe: cha 'n 'eil mi a' guidhe air son an t-saoghal, ach air son na muinntir sin a thug thu dhomh" (Eòin xvii. 4-9).

Ma bhàsaich Criosd a chionn co-chòrdadh a bhi eadar e fhéin agus an t-Athair—ma chì e de shaoithir anma agus gu 'm bi e toilichte—ma bhios a' h-uile neach a thug an t-Athair dha anns a' chùmhant ud air a theàrnadh, is cinnteach

## Teagasg na h-Eaglais

nach do bhàsaich e air son a' mhuinntir nach bi air an teàrnadh.

5. Tha na Sgriobturan a' teagasg gu bitheanta gur ann le gràdh sonruichte agus pearsanta a bha an t-Athair air a ghluasad ann a bhi toirt a Mhic, agus a ghluais am Mac gu e fhéin a thoirt gu bàs —cha 'n ann le *spéis choitchionn* do 'n chinneadaonna. Bha priomh chrioich a bhàis a' laighe trom air a spiorad is e dòirteadh a mach a chridhe ann an ùrnuigh ri Athair an oidhche mu 'n do bhrathadh e—cha b'iongantach ged a bhiodh! Ann an sin tha saoibhreas do-labhairt a ghràidh air a dhòirteadh air a' mhuinntir a thug an t-Athair dha as an t-saoghal. “*Air an sonsan* tha mise 'g a mo naomhachadh féin”—'g a mo thoirt fhéin suas a chum an t-seirbhis uamhasach so a choimhlionadh—“a chum gu 'm biodh mo ghàirdeachas aca air a choimhlionadh annta.” “Ach tha Dia a' moladh a ghràidh féin duinne, do bhrigh an uair a bha sinn fathast 'n ar peacaich gu 'n d'fhuiling Criod bas air ar son.”

Tha e do chreidsinn gu 'm biodh an gràdh sonruichte so, a ghluais Dia a chum aon-ghin Mic —a Mhac anns an robh a mhòr-thlachd—a thoirt thairis gu bàs cho piantail agus cho nàr, do shluagh do-àireamh, agus iad a bhi air am fàgail

## An Réite

tur-aineolach air an t-soisgeul. Tha e do-chreid-sinn mar an ceudna gu 'm biodh an gràdh sin riaraichte le bhi toirt gairm choitchionn an fhacail gun a bhi toirt dhaibh aig a' cheart àm gairm éifeachdach a Spioraid. A bheil e comasach gu 'n tigeadh gràdh cho òirdhearc is a tha *bàs Chriosd* a' foillseachadh, a tha taomadh a mach á cridhe an Dé uile-chumhachdaich, a' fàilingeadh ann a bhi cur beannachdan siorruidh ann an seilbh a chuspairean? Cha b'e sin beachd an Abstoil: "An ti nach do chaomhain a Mhac féin, ach a thug thairis e air ar son-ne uile, *cionnus* maille ris-san nach *toir e dhuinn gu saor na h-uile nithean?*" Tha e cur athais mhòr air a' ghràdh so a radh gu faodar a bhuaidh a thomhais leis an so: Gu bheil Dia ag ullachadh slàinte do na h-uile dhaoine, ach air cumhachan a tha eu-comasach do 'n chuid as mò.

6. Tha na Sgriobturan gu bitheanta a' teagastg gu 'm b' e crioch àraid bàs Chriosd a bhi teàrnadh "mhòran"—saorsa "a *chaorach*," "a *eaglais*," "a *shluagh*," "a *chlainne*," "a *mhuinnitir thaghta*." "Agus bheir thu Iosa mar ainm air, oir saoraidh e a shluagh féin bho am peacadhean." "Bheir am buachaille maith a bheatha air son nan caorach." "Eaglais Dhé a cheannaich e le fhuil

## Teagascg na h-Eaglais

fhéin.” “Cò chuireas coire sam bith á leth DHAOINE TAGHTA Dhé? Is e Dia a dh’fhìrean-aicheas; cò a dhíteas?” “Cò a sgaras sinn bho ghràdh Chriosd?”

Tha co-chòrdadh sonruichte eadar réite phearsanta mar so agus cainnt a bhi air a chleachdad a tha farsuing gu leòr gu bhi nochdad gu bheil an t-saorsa *freagarrach* do na h-uile, *foghainteach* do na h-uile, air a *tairgse gu saor* do na h-uile—sin air an darna làimh; agus air an làimh eile, gu bheil sluagh Dhé air an taghadh as gach teaghlaich, agus treubh, agus cinneach fo néimh, agus as gach ginealach agus linn. Agus fadheòidh gu ’m bi an saoghal gu léir air a chur saor bho ’n mhallaichd, gu faigh an soisgeul buaidh am measg nan uile chinneach, agus gu ’n seilbhich na naoimh saoghal a tha air ath-ghineamhuinn.

7. Tha obair Chriosd mar Aird-Shagart ’n a *h-aon* obair, air a choimhlionadh le *aon* rùn agus le *aon* bhuaidh agus as leith an *aon* sluaigh. Chunnaic sinn gu bheil iobairt agus eadar-ghuidhe ann an dreuchd an Aird-Shagart. Chunnaic sinn gu ’n d’fhuair an sagart anns an t-sean aimsir maitheanas air son na muinntir air son an d’thug e suas iobairt—agus air an son-san a mhàin. Chunnaic sinn gu ’n rinn e eadar-ghuidhe air son

## An Réite

an dearbh fheadhainn air son an d'thug e suas iobairt, agus air an son-san a mhàin.

(1) A nis tha na Sgriobturan a cur an céill gu 'n robh na seann sagartan 'n an samhla air Criod. Air do ar Tighearna iobairt a thoirt suas anns a' chuirt a muigh chaidh e steach air a' bhrat a dheanamh eadar-ghuidhe: "Agus cha b'ann tre fhuil ghabhar agus laogh, ach tre fhuil féin a chaidh e steach aon uair do 'n ionad naomh, air dha saorsa shiorruidh fhaotainn dhuinne. Oir cha deachaidh Criod a steach do na h-ionadan naomha làmh-dheanta, nithean a tha 'n an samhla air an fhior ionad; ach do néimh féin, chum a nis e féin a nochdadadh ann am fianuis Dhé air ar son-ne"—far a bheil e "beò gu siorruidh gu eadar-ghuidhe a dheanamh air ar son" (Eabh. ix. 12, 24; vii. 25).

(2) Is ann a mhàin air son a "chaorach" a tha Criod a' deanamh eadar-ghuidhe. Tha so cinn-teach, oir tha e an comhnuidh éifeachdach—tha an t-Athair ag éisdeachd ris an còmhnuidh. Is e their e: "Athair, is *àill* leam." Tha e ag radh gu soilleir gur ann air son a shluagh a tha e a' guidhe: "Air an sonsan tha mi a' guidhe; cha 'n 'eil mi guidhe air son an t-saoghal, ach air son nam muinntir sin a thug thu dhomh." "Agus

## Teagascg na h-Eaglais

cha 'n 'eil mi a' guidhe air an sonsan a mhàin, ach mar an ceudna air son nam muinntir sin a chreideas annam-sa tre am facal-san" (Eòin xvii. 9, 20).

(3) Ach ma's ann a mhàin air son an taghaidh a tha Criosc a' deanamh eadar-ghuidhe is cinnteach gur ann air an sonsan a mhàin a dh' fhuiling e bàs. Cha 'n 'eil dreuchd an t-sagart air a roinn, mar gu faodadh iobairt a bhi air son cuid agus eadar-ghuidhe a mhàin air son cuid eile—no mar gu faodadh iobairt a bhi air a thoirt suas gun a bhi air a leantuinn agus air a coimhlionadh le eadar-ghuidhe agus air a crùnadadh le maitheanas gràsmhor Dhé. Mar sin cha 'n 'eil dreuchd sagartachd Chriosc air a roinn—tha an iobairt air son dhaoine sonruichte, agus tha an eadar-ghuidhe a' leantuinn air son nan dearbh dhaoine sin—cha bhi an dreuchd air a coimhlionadh a dh'easbhuide sin—agus tha i air a crùnadadh le gràsan éifeachdach an spioraid ann an anamaibh nan dearbh dhaoine sin.

(4) Tha so soilleir bho *nàdur* a' ghnàth eadar-ghuidhe a tha Criosc a' deanamh. Tha Iain Obhain 'g a chur rud-eigin mar so: "Tha obair Chriosc nis air a dheanamh coimhlionta dhuinn air néimh—cha 'n ann le bhi 'g a irioslachadh fhéin, le áird-éighach, le deòir agus athchuinge—cha 'n

## An Réite

ann le *briathran* ach le *phearsa* air a thaisbeanadh, is e air a chrathadh le fuil a' choimhcheangail, an làthair Caithir na Tròcair air ar son—le fhuil fhéin, g' a nochdadhbh fhéin am fianuis Dhé air ar son. Tha e mar sin 'g a thaisbeanadh fhéin a' gnàth-thagar éifeachd na h-iobairt gus am bi am mòran mhac a thugadh dha air an toirt gu glòir. Mar sin 's e tha anns an eadar-ghuidhe mar gu 'm biodh an iobairt air a sìor-thaisbeanadh—'an t-Uan a bha air a mharbhadh mu's do leagadh bunait an domhan.' Ach ciamar as urrainn an darna cuid a bhi na's fharsuinge na chuid eile—a' chuid a rinn e air thalamh a bhi na's fharsuinge na a' chuid a tha e deanamh air néimh? Ciamar as urrainn dhuinn a radh gu 'n *d' thug e fhéin suas* air son na muinntir air son nach 'eil e deanamh *eadar-ghuidhe*, is nach 'eil anns an *eadar-ghuidhe* ach taisbeanadh na h-iobairt as leith na muinntir air son an *d'fhuiling* e, a chum gu 'm bi na beannachdan a choisinn e leis an iobairt air an cur 'n an seilbh?"

Mar sin tha sinn a' creidsinn gu 'n choimhlion Criod le a bhàs a' nì sin a bha 'n a rùn a choimhlionadh: gu 'n saoradh e shluagh féin, a thug an t-Athair dha. A chum na criche sin thug e e fhéin suas mar iobairt air an son, agus rinn e

## Teagascg na h-Eaglais

réite iomlan ri Dia. Le iobairt cheannaich e air an son, agus tha e 'g a chur gu h-éifeachdach 'n an seilbh, gràsan a' chreidimh agus an aithreachais, agus uile thoraidhean an spioraid. Le eadar-ghuidhe agus le bheatha tha e 'g an deanamh naomha a chuid 's a chuid gus am bi iad coimhlionta 'n a iomhaigh fhéin, "a chum gu 'n cuireadh e 'n a làthair féin i 'n a h-Eaglais ghlòrmhor, gun smal, gun phreasadh, no nì air bith d' an leithidean sin; ach a chum gu 'm biodh i naomh agus neo-lochdach." Mar thòradh air an réite mhòr a rinn e choisinn e, agus tha e buileachadh, beannachdan mòra a fhreasdail air son a' chinne-daonna.

"A nis dhà-san a tha comasach air 'ur gleidheadh bho thuisleadh, agus 'ur cur gu neo-lochdach an làthair a ghlòire le aoibhneas ro-mhòr, do 'n Dia a tha mhàin glic, ar Slànuighear, gu robh glòir agus mòralachd, neart agus cumhachd, a nis agus air feadh nan uile linn. AMEN."

# Edinburgh and Glasgow

the & movements collected will be arranged  
in chronological order, & a history and description  
of the principal meetings distributed among tables  
will be introduced. The movements will be  
conveniently grouped into religious & political  
and educational. This arrangement will be  
of great service to those who desire  
to see what has been done & what still re-  
mains to be done in the cause of freedom in Scotland.

PRINTED BY

OLIVER AND BOYD

EDINBURGH

S e Dia as tearmunn duinn gu beachd,  
Ar spionnad e 's ar treis:  
An aimsir carraig agus teinn,  
Ar cobhair e ro dheas.  
Mar sin ged ghluaist' an talamh tròm,  
Cha 'n aobhar eagail duinn:  
Ged thilgeadh fòs na sléibhte mòr'  
Am builsgein fairg' is tuinn.—*S. xlvi. 1-2.*

Fa chùis an uamhais anns an oidhch'  
Cha bhi ort geilt no sgàth;  
No fòs fa chùis na saighde bhios  
A' ruith air feadh an là:  
Cha bhi maoin eagail ort roimh 'n phlàigh  
Tha triall an dorchadas:  
No fòs fa chùis an uilc a bhios  
Mu mheadhon là ri sgrios.—*S. xci. 5-6.*

Is treise Dia ta chòmhnuidh shuas  
Na fuaim nan uisge garbh';  
Is treise Dia na sumainnean,  
Is tonna cuain gu dearbh.—*S. xcii. 4.*

**N**UAIR a rinn a' Roinn-Eorp' bagairt a' dheanamh air na h-eileanan so, bhithheadh e 'na mhasladh air treubhantas mic fhoghainteach Bhreatuinn mur a d' éirich iad mar aon duine a' dhion an dàthraig mhàthaireil. . . .

Oir tha araoon ar Righ agus ar tir ro-airidh air cathachadh as an leth, agus cha b'e ach an dubh-ghealtair nach doirteadh fhuil gu toileach air an sgáth. . . .

'N uair tha eud an t-saighdeir 'na theine le gràdh tir' is teach', cha'n'eil criochan aig dànachd a spioraid, agus cha'n'eil beart arma ris nach sín e làmh. . . .

Is fior rogha òigradh ar duthcha saor-shaighdeirean ar Righ, agus cha'n'eil an coimeas an arm tir air bith. Bu choir "Tir nam beann 's nan gleann," bhi na "Tir nan gaisgeach." . . .

S ann le bhi gu cinnteach air taobh Chriosd bhithear neo-sgàthach anns a' chath. Bitheadh a Cheannard 'na chridhe agus cha bhi crith ann an gàirdean an t-saighdeir. Na bitheadh crùbadh bho'n chòmhrag, oir tha beatha a' Chriosduidh teàruinnt agus tha 'bhuaidh cinnteach. Roimh dha dhol 's a' chath tha bheatha ann an gleidheadh Dhé. Iadsan bheir buaidh-troimh an Uan bitidh orra crùn na glòire, agus bitidh slainte naomhachd fhoirfe aca. Dhealaich iad ri 'n dòghruinn anns a' bhuaidh, agus bitidh sonas bith-bhuan 'nan cridheachan agus aoibhneas siorruidh air an cinn 'n uair a shiubhlas iad a stigh gu fois agus àrd-shonas agus glòir tigh an Athar."

*Dr Ceannaidheach*

*bha'n Inbhir pheofharan.*